



# A Thogail Dùn

## Bho Thogail gu Glèidheadh

*"There is a house built out of stone  
Wooden floors, walls and window sills  
Tables and chairs worn by all of the dust  
This is a place where I don't feel alone  
This is a place where I feel at home"*

*To Build a Home, The Cinematic Orchestra (2007)*

### Taing

Chaidh A Thogail Dùn a sgrìobhadh le Alan Braby, Andy Heald (AOC Archaeology), Matt Ritchie (Coilltearachd is Fearann Alba) agus Tanja Romankiewicz (Oilthigh Dhùn Èideann). Chaidh eadar-theangachadh le Alasdair MacCalum agus Gillebride Mac 'IlleMhaoil. Chaidh a chur ri chèile le Matt Ritchie agus chaidh a dhealbhadh le Ian Kirkwood, a chruthaich am plana dùin againn cuideachd. Chaidh artaigilean goirid a sgrìobhadh le Graeme Cavers (AOC Archaeology), Gavin Douglas (Àrainneachd Eachdraidheil Alba), Simon Gilmour (Comann Àrsairean na h-Alba), Kenneth McElroy (Pròiseact Dùn Ghallaibh), Sophia Mirashrafi (Àrainneachd Eachdraidheil Alba) agus Rachel Pickering (Àrainneachd Eachdraidheil Alba). B' iad na caraidean sgrùdail againn Noel Fojut agus Simon Gilmour. Chaidh na caractaran againn a chruthachadh le Kim Biddulph agus Alex Leonard; chuir Kim ri ro-ràdh 'Luchdtogail nan Dùn' ris cuideachd. Chaidh an obair-ealaín linocut a dhèanamh le Liz Myhill agus chaidh na h-iomhaighean àrc-eòlaís cruthachail a dhèanamh le Alan Braby agus Lizzie Robertson. B' e Daibhidh McGovern an sàr chlachair Cruithneach againn agus b' e Lily Hawker-Yates an greusadair Ceilteach cruthachail againn. Moran taing do John Barber, John Borland, Fiona Braby, Murray Cook, Ian Cowe, Hamish Fenton, Lynn Fraser, Candy Hatherley, Meghan Kjartanson, Monika Maleszka-Ritchie, Ed Martin, Rafael Maya Torcelly, Chris Nixon, Anna Ritchie, Stefan Sagrott, Bruce Taylor, John Town agus a h-uile duine aig Asainte Eachdraidheil agus Pròiseact Dùn Ghallaibh.

Mar chuimhneachan air Emma Metcalfe, a' chìad neach-dèanamh mhapaichean bho linn mheadhanach na cloiche.

Air fhoillseachadh le Coilltearachd is Fearann Alba

An t-Ògmios 2022

© Còir lethbhreac a' Chrùin 2022

ISBN: 978-1-9160160-6-4


Tha còir lethbhreac aig Coilltearachd is Fearann Alba airson a h-uile dealbh ach a-mhàin far an tèid an caochladh a ràdh



## A Thogail Dùn

Bho Thogail gu Glèidheadh

Alan Braby, Andy Heald, Matt Ritchie agus Tanja Romankiewicz  
Air eadar-theangachadh le Alasdair MacCaluim



## Nòta air briathrachas

Chaidh dùin (ris an canar ‘brochs’ sa Bheurla) a thogail ann an Linn an Iarainn, faisg air deireadh a’ chiad mhile bliadhna RC, agus bha iad nam pàirt de *thraigisean ailtireil* nas fharsainge de bhith a’ togail thaighnean-cruinn dachaigheil mòra an dà chuid ann an clach is fiadh. Tha e coltach gur iad na toglaichean-còmhnaidh as cumanta a chaidh a chlàradh ann an Linn an Iarainn ann an Gallaibh, Cataibh agus sna h-Eileanan a Tuath, le àireamhan nach beag air Costa a’ Chuain Siar, san Eilean Sgitheanach agus sna h-Eileanan Siar.

Bha an aon seòrsa foincsean ach cruth eadar-dhealaichte aig dùin shìmplidh (ris an canar ‘duns’ sa Bheurla) a bha cumanta ann an Earra-Ghàidheal agus sna h-Eileanan a-Staigh. Tha an dà sheòrsa dhùn nan eisimpleirean den *dualchas ailtireachd* cobhaireachd ris an canar **taigh-cruinn a’ Chuain Siar**.

Is e dùn a bhios againn air ‘broch’ tron leabhran air fad.

## Clàr-innse

<b>Facal-toisich</b>	<b>3</b>
A’ tuigsinn nan tobhtaichean	9
Ionnachadh arc-eòlach a-muigh	10
<b>A’ togail gu Cruinn</b>	<b>15</b>
Taigh-cruinn fior Atlantaigeach	17
Arc-eòlas agus an sòisealtas	23
Taighean-cuibhle	27
Taighean-cruinn fiodha	29
Coincheap agus dealbhadh	33
<b>Luchd-togail nan Dùn</b>	<b>37</b>
A’ togail Dùn Seachas	45
Na Bunaitean	47
Na Ballachan Dùbailte	51
An Doras Mòr	55
An Seòmar-suidhe	59
A’ Chagait	63
Na Seòmraichean Stòrais	65
An Staidhre	67
Seòmar freiceadain	69
An Seilear	71
<b>Dùn-eòlas</b>	<b>73</b>
A’ leughadh Caisteal Gruagaig	79
A’ glèidheadh Dùn Chàrlabhaigh	81
A’ sàbhaladh Clach-tholl	85
A’ glèidheadh Ousdale	98
A’ suirbhidheadh Mousa	91
A’ clàradh Old Scatness	95
Ag eadar-mhìneachadh Gurness	99
A’ cruthachadh Dùn Seachas nar mac-meanmna	103
Ag iarraidh a bhith nad arc-eòlaiche?	105
<b>Iomraidhean</b>	<b>106</b>

◀ Chan eil dùn ‘àbhaisteach’ ann, is chan eil ‘lethbhreach-gorm’ ann de dhùn – b’ e cruinneachadh eadar-mheasgte de dh’eileamaidean structarail sònraichte a bh’ ann an dùin, a bha air an cleachdadh ann an diofar dhòighean ann an làraichean fa leth, ged a bha iad uile a’ leantainn an aon *traidisean ailtireachd*.



## Facal-toisich

*"A wave in the sound – one of those seventh waves that comes in higher and colder and more rampant than the six ordered predictable waves on either side of it – crashed against the round ancient ruin on the shore, and carried away another stone"*

George Mackay Brown, *Beside the Ocean of Time*, 2014, 68.

Tha dùin nan eileamaidean gun samhail de sgeul ro-eachdraidheil bheartach na h-Alba. Tha na tùir chruinn cobhaireachd suaicheanta seo fior iom-fhillte a thaobh structar agus iad ag èirigh gu h-àrd bho na bunaitean aca tro shreath de ghailearaidhean a tha a' sàbhaladh cuideam agus de staidhrichean agus trannsaichean a tha a' giùlan luchdan taobh a-staigh nam ballachan dùbailte aca.

Chaidh còrr is còig ceud dhiubh a chlàradh, agus iad uile air an togail ann an clach ionadail agus air an cumail nan àite le cumadh agus grabhataidh. Tha a' mhòr-chuid aca ann an taobh a tuath na Gàidhealtachd is nan Eilean le dìreach beagan dhiubh air a' Ghàldachd. Chaidh an togail ann an Linn an Iarainn, mun bhliadhna 400 RC, agus tha iad nam pàirt de *thraighean ailtireil* nas fharsainge de bhith a' togail thraighean-cruinn dachaigheil mòra an dà chuid ann an clach is fiodh a chaidh a chleachdadadh is a leasachadh fad iomadh linn.

Tha dùin nam pàirt de phàtran tuineachaidh bho Linn an Iarainn de *thuathanasan dionta* a lorgar air feadh costa an iar na h-Alba. Ged a bhiodh iad a' dòn an luchd-còmhnaidh, bha iad cuideachd a' taisbeanadh sealbh agus gabhaltas fearainn. Mar bu trice chaidh an togail ann an àiteachan far an robh deagh thalamh àiteachais, le ùir caran torach agus uidheachadh fasgach. Bha na daoine a thog iad nan tuathanaich tharbhach agus fèin-sheasmhach, a bhiodh a' toirt fàs air eòrna agus ag àrach crodh is caoraich. Bha a' mhòr-chuid de dhùin air an uidheachadh ann am pòcaidean de thalamh àitich agus raointean nas fharsainge de thalamh ionaltraidh, gu tric glè fhaisg air a' mhuir no air abhainn mhòr. Ach chaidh cuid de dhùin, gu sònraichte ann an Sealainn agus anns na h-Eileanan an lar, a thogail ann an àiteachan gu math eadar-dhealaichte, agus iad nan uidhe air eileanan beag biodach no àrd air bearraidhean gaothach lom.

◀ Tha dùin **Chaisteal Gruagaig** na sheasamh air leathad mu choinneamh Loch Aillse. Rinneadh *clàradh didseatach* le sganadh leusair air bho chionn ghoirid, mus do rinn arc-eòlaichean agus clachairean prògram de *stiùireadh glèidhteachais* air.


© Matt Ritchie


Chaidh dùin a thogail agus a cleachdadh mar àiteachan còmhnaidh, chaidh an atharrachadh agus an càradh, chaidh iad à cleachdadh agus uaireannan chaidh dhaoine a dh'fhuireach annta às ùr. Sheas iad fad linnteann no chaidh iad a dholaidh agus chaidh clach a ghoid asta airson obair-togail. Tha na tobhtaichean a chì sinn an-diugh a' gabhail a-steach thoman mòra cloiche agus grunn chùrsaichean iosal de bhallachan; bho *thobhtaichean neo-ghleidhte* a' sealltann dìreach beagan de *na h-eileamaidean structarail aca, gu structaran glèidhte*, air an ath-thogail gu ire agus air an cumail ri chèile le mortar a chaidh a chur riutha agus le bàraichean stàiliinn.

Tha arc-eòlaichean air bruidhinn fad nan deicheadan mun ailtireachd aca, a' dèanamh seòrsachadh structarail agus ag argamaid mu ainmean, agus a' seòrsachadh agus ath-sheòrsachadh nam feartan eadar-dhealaichte. Ach chan eil dùn 'àbhaisteach' ann, is chan eil lethbhreac-gorm ann de dhùn – b' e cruinneachadh eadar-mheasgte de *dh'eileamaidean structarail* sònraighe a bh' ann an dùin, a bha air an cleachdadh ann an diofar dhòighean ann an làraichean fa leth. A rèir an arc-eòlaiche agus rannsache nan dùn, Ian Armit, "Fiù 's am measg nan dùn as fheàrr a tha air an glèidheadh, chan eil a dhà dhiubh co-ionann ann am meud, dealbhadh no cruth" (2003, 57).

Thadhail am bàrd Kathleen Jamie air dùn **Mousa** ann an Sealainn, rè oidhche meadhan-samhraidh. "When we reach it", sgriobh i, "the broch seems very tall in the half-light, stolid and resolute. Its walls are beautifully made, stone on stone. Local stone, no mortar: this building is an expression of the island itself. 'I was made here of this place', it says, but that's all it admits to" (2017, 50). Tha dùin nan ìomhaighean suaiseanta de ro-eachdraidh na h-Alba, na rionnagan barraichte ainmeil bhon eachdraidh àrsaidd againn. Ach a bheil arc-eòlaichean air ìomhaigh ruigsinneach a chruthachadh, far a bheil beatha luchd-togail nan dùn cho cudromach san sgeulachd ris na dùin a thog iad, a tha a-nis air a dhol sàmhach?

Tha an leabhran seo a' toirt seachad cunntas mac-meanmnach de bhith a' togail dùn, a' mìneachadh a' phròiseis ann an aithris le dealbhan le grunn charactaran as urrainn dhuinn tuigsinn. Tha e a' gabhail ris gun robh dùin nan *tuathanasan dionte*, tèarainte agus nan dachaighean, air an togail le luchd-togail sgileil, air an coimiseanadh le *dachaighean tarbhach* a bha math dheth, is dòcha aig amannan far an robh cùisean rèidh agus torrach, nuair a bha gu leòr biadh is stuthan airson cleachdadh gus *aittireachd taisbeanaidh* àrd-inbhe spaideil a thogail. Ach, ged is dòcha gur e seo an suidheachadh as coltaiche, feumar cuimhneachadh nach e seo ach aon shealladh. Tha cuid de luchd-rannsachaidh a' faicinn dùin mar dhaingnichean sa chiad dol a-mach, agus tha beagan dhiubh fiù 's den bheachd gur dòcha gun deach an togail airson adhbhar deas-ghnàthach air choreigin, agus nach robh iad nan dachaighean gus an tainig an t-adhbhar tùsail sin gu crich.





Chan e sgrùdadh coileanta air dùin a th' anns an leabhran seo. Chan eil e a' feuchainn ri eachdraidh sgrùdaidhean dùn a sgriobhadh, no a bhith a' tort a-steach clàr de na làraichean as fheàrr airson tadhail orra – thathar a' brosnachadh luchd-leughaidh gus seo a lorg dhaibh fhèin. Chan eil e a' coimhead air co-theacs nas fharsainge Linn an larainn ann an Alba leis na Ceiltich is na Ròmanaich, tùsanaich is luchd-ionnsaigh, air an do sgrìobh daoine eile gu h-ionmholta ann an àiteachan eile.


An àite seo, gabhaidh sinn ceum air ais ann an tìm agus bheir sinn cunnas air togail dùn mac-meanmnach ann an clach is fiadh, agus faighnidh sinn na bha e a' ciallachadh a bhith a' togail dùn. An e *traidisean ailtireil* suaicheanta a bh' anna, no aithris air dearbh-aithne chultarach is sòisealta? Mar *aitireachd taisbeanaidh*, dè an teachdaireachd a bha iad an dùil a thoirt seachad? An deach dùin a thogail leis a' choimhairsnachd, rud a rinn daoine còmhla, coltach ri bhith a' togail sabhal ann an Ameireaga a Tuath? An robh iad air an stiùireadh le luchd-togail dùn aig an robh sgilean sònraichte ann an *innleadaireachd structarail* agus clachaireachd?

Bheir sinn seachad dealbh de dh'innleadaireachd structarail iom-fhillte agus dealbhadh ailtireil dàna – de thraidisean togail dùthchasach iongantach a bha fasanta bho chionn còrr is dà mhìle bliadhna.

Nuair a tha sinn a' beachdachadh air na ceistean seo curidh sinn fòcas cuideachd air dòighean clàraighe arc-eòlais an latha an-diugh agus air *riaghlaigh glèidhreachais*. Cuiridh sinn guthan ficseanail bhon àm a dh'fhalbh ri chèile le guthan an latha an-diugh bho air feadh roinn an dualchais, agus brosnaichidh sinn an leughadair a bhith a' coimhead air dùin ann an dòigh ùr.

◀ Rinn an t-àrsair Sir Henry Dryden dealbh tomhaiste tarraingeach de **Chaisteal Gruagaig** ann an 1871 agus 1872. Gabhaidh comas gu math fàbharach a dhèanamh eadar na dealbhan sin agus na planaichean agus na dealbhan ailtireil a rinneadh tro *chlàradh didseatach* an latha an-diugh le sgrùdadh sgana leusair. Tha iad uile mar phàirt den traidisean fhada de shuirbhidh àrc-eòlais tomhaiste ann an Alba, an dòigh-obrach dealbhaidh co-roinnt aca an dà chuid a tha an dà chuid pràcteigeach agus brèaga.

© Arainneachd Eachdraidheil Alba



## A' tuigsinn nan tobhtaichean

A' cleachdadh an leabhrain seo, ionnsaichidh an luchd-ionnsachaidh mu thrì cuspairean co-cheangailte ann an rannsachadh nan dùn: aithris an arc-eòlais, an aithris structarail agus an aithris glèidheteachais. Chaidh na priomh fhaclan a chomharrachadh ann an clò Eadailteach tron teacs a tha a' mineachadh nam priomh bhun-bheachdan (faic am beag-fhaclair air taobh-duilleig 76), agus chaidh priomh làraichean a chomharrachadh ann an **clò trom**.

- Tha **aithris an arc-eòlais** a' beachdachadh air ceistean mu dhealbhadh ailtireil, agus tha e ag amas air toirt air an leughadair smaoineachadh air mar a chaidh dùin a thogail, cò a thog iad, agus carson.
- Tha **an aithris structarail** a' brosnachadh an leughadair beachdachadh air na togalaichean a chì iad an-diugh a thaobh na h-*innleadaireachd structarail* agus na diofar *eileamaidean structarail* aca (faic taobh-duilleig 17); agus smaoineachadh air a' *phròiseas sgrios* agus an stuth a tha a dhith bhon dealbh – a' chlach a chaidh a ghoid agus am fiodh agus stuthan eile a chaidh a chall.
- Mu dheireadh, tha **an aithris glèidheteachais** a' toirt cunntas air eadar-theachdan nas ùire agus san latha an-diugh leithid daingneachadh structarail, cladhach arc-eòlais, *riaghladh glèidheteachais* agus *clàradh didseatach*.

Tha a bhith ag aithneachadh nan diofar phròiseasan taobh a-staigh na h-ùine eadar togail agus tuiteam na cheum cudromach a dh'ionnsaigh a bhith nad eòlaiche air dùin, cho math ri bhith a' tuigsinn nan eadar-dhealachaidhean eadar *tobhtaichean neo-ghlèidhete* agus *structaran glèidhete*. Le bhith ag ionnsachadh mu na diofar nithean sin taobh a-staigh an structair, cuidichidh e sinn gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na diofar aithrisean a tha gan cleachdad, agus gus dealbh fhaighinn air na priomh *amannan ann an tide*.

Tha an leabhran seo ag amas air tidsearan a chuideachadh le bhith a' cleachdadh dùin na h-Alba mar chuspair clas tar-chuspaireil mar phàirt den **Churraicealam airson Sàr-mhathais** (Treas Ire), a' measgachadh eachdraidh, cruinn-eòlas, Gàidhlig agus na h-ealainean cruthachail.

Faodar *A Thogail Dùn* a cleachdadh mar chuspair leis fhìn no a thoirt a-steach mar eileamaid ann an sgrùdadhs nas fharsainge. Bidh aithris bho phriomh arc-eòlaichean agus luchd-rannsachaidh nan dùn a' cuideachadh gus cuid de na priomh bheachdan a dhèanamh nas ruigisinniche, agus tha sleath de sgeulachdan pearsanta goirid a' toirt cothrom dhuinn fòcas a chur air làraichean cudromach, cunntas a thoirt air eòlasan pearsanta no dòigh-obrach arc-eòlais a mhìneachadh. Tha na sgeulachdan seo a' ceangal ris na diofar dhreuchdan a tha air an riochdachadh, ag aithneachadh amasan na h-iomairet **Leasachadh an Sgioba-obrach Òig** agus **Plana Tasgadh Sgilean Àrainneachd Eachdraidheil**. Ghabhadh iad cleachdadh cuideachd mar ghnìomhan leughaidh goirid sa chlas.

◀ Tha am plana seo de **Chaisteal Gruagaig** a' cleachdadh sgòth nam puingean a chaidh a chruthachadh le suirbhidh leusair agus tha na dathan air a rèir àirde. Tha na dathan purpaidh agus dearg blàth a' sealltainn uachdar na talmhainn agus na cursaichean balla nas ìse, agus tha àirde nam ballachan air a shealltainn le dathan a' dol bho bhuidhe gu uaine gu gorm.

© AOC Archaeology

## Ionnsachadh Arc-eòlach a-muigh

'S e A Thogail Dùin am fear as ùire ann an sreath de dh'fhoillseachaidhean bho Choilltearachd agus Fearann Alba a tha a' cleachdad dòigh-obrach chruthachail is mac-meanmnach airson ionnsachadh arc-eòlais a-muigh. Tha na leabhrain a' taisbeanadh cuid de bheachdan a tha caran toinnte agus uaireannan neo-àbhaisteach, agus a' cleachdad deasbaireachd àrc-eòlais, gniomhan cruthachail a-staigh agus ionnsachadh practaigeach a-muigh gus seallaidhean-tìre àrsaидh a shamhlachadh, àrainneachd eachdraidheil an latha an-diugh a sgrùdad agus dòighean-obrach arc-eòlais an latha an-diugh a thuigsinn.

*"S e a th' ann an arc-eòlas ach sgrùdad air eachdraidh mhic an duine tro na stuthan a tha air fhàgail às a dhèidh. Tro rannsachadh arc-eòlais agus mion-sgrùdad air na h-àiteachan, nithean agus stuthan a lorgas sinn, faodaidh a h-uile duine sgrùdad a dhèanamh air, tuigse nas fheàrr fhaighinn air, agus suim a bhith aca ann an ro-eachdraidh agus eachdraidh sluagh, cultar agus cruth-tìre na h-Alba"*

Ro-innleachd Arc-eòlais na h-Alba, 2015.

Le sgoilearan a bhith an sàs ann an ionnsachadh a-muigh agus a' dèanamh rannsachadh brìoghmhòr taobh a-staigh a' chlas, is urrainn ionnsachadh arc-eòlais deagh cheanglaichean a dhèanamh thar farsaingeachd de raointeal churraicealaim. Is urrainn arc-eòlas cuideachadh le bhith a' togail sgilean smaoineachaidh breitheachail, a' rannsachadh na fianais a dh'fhàg an eachdraidh againn sa cultar agus san àrainneachd againn. Anns an dòigh-obrach arc-eòlais nithean sgrùdad oibseactach air *cultar stuthach* agus cuideachd mìneachadh subseigteach – agus, leis gum bi arc-eòlas a' sgrùdad an àm a dh'halbh san latha an-diugh, is urrainn da ar brosnachadh gus meòrachadh a bhrosnachadh air ar beachdan, ar cultar agus ar sòisealtas fhèin.



Tha an t-àrdachadh seo a' sealtainn an àrd-dorais ▶  
thriantanaich os cionn na trannsa a-steach aig  
[Caisteal Gruagaig](#) a' cleachdad a' mhodail 3D a  
thàinig bhon t-suirbhidh leusair.

© AOC Archaeology

Tha na leabhrain mar thoradh air obair aig farsaingeachd de phroifeiseantaich, a' gabhail a-steach coilltearan, eag-eòlaichean, arc-eòlaichean, dendrochron-eòlaichean, luchd-foghlaim, luchd-ealain agus dealbhadairean, agus iad uile ag obair còmhla gus lèirsinn ùr a chruthachadh mu bhith a' mìneachadh an dà chuid na h-eachdraidh àrsaigh againn agus saidheans arc-eòlasach an latha an-diugh. Tha na leabhrain ag amas air tidsearan, stiùirichean buidhnean òigridh, luchd-foghlaim arc-eòlais agus duine sam bith aig a bheil ùidh san dualchas nàdair is chultarach againn.

- Tha *Into the Wildwoods* a' toirt cunntas air beatha an luchd-buain fiadhaich bho Linn Mheadhanach na Cloiche. Stèidhichte air tuigse eag-eòlasach air àite agus àm, tha an leabhran a' sgrùdadadh nan ròlaichean aig àrainnean eadar-cheangalite, stòrasan nàdarra agus atharrachadh ráitheil.
- Tha *The First Foresters* a' toirt cunntas air beatha nan tùsairean Nuadh-chreagach a thàinig fada às an dèidh, agus tha e a' cleachdadadh choilltean dùthchasach an latha an-diugh gus coimhead air mar a tha daoine a' cleachdadadh chraobhan is choilltean. Chan eil an leabhran seo dìreach a' coimhead air na tursachan ro-eachdraidheil air a bheil sinn cho eòlach: tha e a' coimhead air arc-eòlais nan tallachan agus carraighean fiodha a tha a-nis air call.
- Tha *A Song in Stone* a' comharrachadh ealain-cloiche air a' bhlàr a-muigh air taobh siar na h-Alba, a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta, agus an traidisean cultarach coitcheann a tha e a' riochdachadh. Chaidh na suaicheantas an ath-airiseach a shnайдheadh le mòran làmhan eadar-dhealaichte thar ùine, gach suaicheantas na rud fa leth ach mar phàirt de chruinneachadh iomlan - grunn ghuthan a' seinn an aon sèist. Tha an leabhran a' cleachdadadh measgachadh brosnachail de chlàradh oibseactach, mion-sgrùdadadh suibseigteach agus aithris mìneachaiddh gus smaoineachadh breithneachail agus na h-ealainean cruthachail a bhrosnachadh.
- Tha *Dendrochronology* a' coimhead air mar a dh'obraichear a-mach aoisean bho chearcallan craibhe, bho bhith a' tomhas sampall eitein gu bhith a' togail loidhne-tìm sa chlas de chòrr is mile bliadhna.

Tha na leabhrain seo, a tha an dà chuid nan stuthan fiosrachaidd agus goireasan ionnsachaidh, a' cleachdadadh stoidhle conaltraidh mòr-chòrdte le dealbhadh dàna gus eòlas mionaideach agus beachdan ùr-ghnàthach a thoirt dhan neach-teagaig as urrainn dhaibh cleachdadadh leis an luchd-ionnsachaidh aca.

An t-àrd-doras triantanach drùidhteach os cionn  
trannsa a-steach Chaisteal Grugraig. "Bhathar gu  
math faiceallach a bhith a' taghadh deagh àrd-  
dorsan gus cuideam na cloiche gu h-àrd a ghiùlan"  
a rèir an arc-eòlaiche Ian Armit (2003, 76).

© Lynn Fraser





## A' togail gu Cruinn


*"Tha eachdraidh thogalaichean ann an costa an iar na h-Alba air a chomharrachadh le cho eadar-mheasgte 's a tha na toglaichean: tha raon farsaing de chruthan a' gabhail a-steach taighean-cruinn, dùin rubha, dùin-chnuic, dùin eileanach agus crannagan, agus tha iad cha mhòr uile air an togail de chloich"*

Jon Henderson, *The Atlantic Iron Age*, 2007, 151.

Bha dùin nam pàirt de *thraigisean ailtireachd* na b' fharsainge de bhith a' togail thaighean-cruinn mòra dachaigheil an dà chuid ann an cloich agus fiodh. Tha e coltach gur iad na toglaichean-còmhnaidh as cumanta a chaidh a chlàradh ann an Linn an larainn ann an Gallaibh, Cataibh agus sna h-Eileanan a Tuath, le àireamhan nach beag air Costa a' Chuain Siar, san Eilean Sgitheanach agus sna h-Eileanan Siar. Bha an aon seòrsa foincsean ach cruth eadar-dhealaichte aig dùin shìmplidh (ris an canar *duns* sa Bheurla) a bha cumanta ann an Earra-Ghàidheal agus sna h-Eileanan a-Staigh. Tha an dà sheòrsa dhùn nan eisimpleirean den *dualchas ailtireachd* cobhaireachd ris an canar **taigh-cruinn a' Chuain Siar**.

Chaidh na h-eisimpleirean as tràithe as aithne dhuinn de thaighean-cruinn sìmplidh a' Chuain Siar a lorg ann an Arcaibh, agus tha e coltach gur e togalaichean aon làr a bh' anna le ballachan cloiche cruaidh a chaidh a thogail timcheall air 700 RC. Thar ùine, agus gu h-àraig anns an fhòr cheann a tuath, dh'fhàs traidisean taighean-cruinn a' Chuain Siar nas iom-fhillte, le ceallan agus gailearaidhean air an togail anns na ballachan. Thathar a' meas dùin nan seòrsa sònraichte de thaigh-cruinn iom-fhillte a' Chuain Siar.

Thar ùine, ann an Sealtainn agus na h-Eileanan an lar tha e coltach gun deach taighean-cuibhle a chur nan àite, gu tric air an cladhach san talamh, le ballachan a-staigh ann an cruth a tha coltach ri spògan cuibhle. Ann an Arcaibh, chan eil e coltach gun robh taighean-cuibhle ann, ach chaidh cruinneachaidhean de thogalaichean a thogail taobh a-muigh an taigh-chruinn, gu tric le ath-eagrachadh air an taigh-chruinn fhèin agus b' e bailtean dùin a chanas sinn riutha sin.



## Taigh-cruinn fior Atlantaigeach


*"Bha daoine a' fuireach an seo fad ghinealaichean, is dòcha fad ceudan de bhliadhnaichean. Cha bhiodh cuimhne aig an luchd-còmhnaidh mu dheireadh air a' chiad luchd-còmhnaidh. Sgeulachdan is dòcha, ach chan e cuimhne bheò"*

Kathleen Jamie, *Who Built Scotland?*, 2017, 53.

'S e togalach cruinn de chobhaireachd a th' ann an dùn anns a bheil grunn eileamaidean structarail sònraichte. Tha na **ballachan dùbalte** ainmeil – aig nach bi fosglaidhean uinneig air an taobh a-muigh – air am fighe ri chèile le àrd-dorsan cloiche a' ruighinn tarsainn agus a' déanamh **ghailearaidhean**, an t-ainm a thugadh air a' bheàrn eadar na ballachan air na diofar ìrean dùn. Bidh na ballachan ag èirigh gu ceann caol, le **ceallan** fa leth agus gailearaidhean nas fhaide agus nas àirde suidhichte eadar na ballachan a-muigh agus a-staigh. Is urrainn **bun-stèidh nam ballachan** a bhith an dàrna cuid *le ballachan cruaidh no le gailearaidhean*. Tha stoidhle **cùrsa nam ballachan** a rèir na cloich ionadail – nì clach-ghainmhich agus schist leacan fada, rèidh a nì ballachan sgiobalta, ach nithear blocaichean nas ceàrnach, neo-riaghailtich bho ghneiss agus basalt.

Bha an t-slige a-steach dhan dùn tron **trannsa a-steach**, agus bhiodh an doras gu tric an taca ris an **ursainn**, agus air a dhùnadh le crann fiodha a bhiodh ga chur ann an **tuill-crainn** air gach taobh den trannsa. Tha **seòmar freiceadain** mar as trice air aon taobh den trannsa a-steach, ged a tha dà ann uaireannan, fear air gach taobh. Bidh an **staidhre** chun na h-ìre as àirde an-còmhnaidh a' dol mun cuairt gu deiseil eadar na ballachan a-staigh agus a-muigh, le staidhre eadar-dhealaichte eadar an làr as isle chun a' chiad làir, agus an uair sin bhon chiad dhan dàrna ìre.


A' seasamh taobh a-staigh tobhta de dhùn agus a' coimhead mun cuairt air an taobh a-staigh, chì thu na diofar slighean a-steach dhan staidhre, na ceallan agus na gailearaidhean. Tha fianais ann cuideachd gu tric de **bheàrnan stacte** bheartagail taobh a-staigh a' bhalla a-staigh, gu tric suidhichte os cionn an trannsa inntrigidh agus iad a' lùghdachadh cuideam air an àrd-doras, agus de **sgeilp cloiche** còmhnard a bhiodh a' toirt taic do làr fiodha aig ìre nas àirde. Tha ìre an làir-ìosal ann an iomadh dùn neo-chòmhnard, uaireannan glè ìosal, agus 's dòcha gun robh seo air a chleachdadadh mar sheilear no mar bhàthach. Ged a tha dùn suaicheanta **Mousa** ann an Sealainn 13 meatairean a dh'airde, tha e glè choltach gun robh a' mhòr-chuid mhòr de dhùin na bu lugha, ged a bha ìrean àrda ann fhastast. Cuimhnich, chan eil dùn 'àbhaisteach' ann, bha na h-eileamaidean structarail sònraichte seo air an cleachdadadh ann an diofar dhòighean ann an làraichean fa leth.



*"Ged a mhaireas tùir dùn mar thogalaichean cloiche,"* thuirt an t-arc-eòlaiche Ian Armit, *"cha bu chòir dhuinn diochuimhneachadh gun robh tòrr mòr fiodh a dhìth gus an togail"* (2003, 76). Ged a fhuaradh clach-togail gun sgeadachadh gu h-ionadail, dh'fhaodte gun deach fiodh a thoirt a-mach à coilltean faisg air làimh, no a thoirt à sgirean coillteach nas fhaide air falbh. Ann an làraichean eileanach, far nach robh mòran fiodh ann, dh'fhaodte gun robh an luchd-togail an urra ri fiodh-cladaich gu ire. Thathar fhathast a' deasbad an uiread agus an t-seòrsa fiodha a bha a dhìth airson mullach tughaidh cònach, làir a-staigh, agus uidheam is àirneis leithid an dorais.

Bha a' mhòr-chuid de na dùin nan seasamh leotha fhèin, ach bha ballachan cuairteachaidh no uchdan-dòn aig cuid, uaireannan taighean-fàire a bharrachd, agus fiù's, ann an eisimpleirean ainneamh, bailtean beaga timcheall orra de thogalaichean beaga faisg air a chèile, air an dion le rampairean agus dìgean. Gu tric bhiodh dùin air an togail air creag, agus mar as trice cha robh bunaitean domhainn ann. Chaidh an togail mar sin gus nach biodh aca ri talamh torrach luachmhòr a chleachdadh: air cnocan creagach, an taic bhruthaichean, agus air bearraidhean cladaich, agus gheibhear iad air oir àrd-ùrlaran, suidhichte air ais bhon chladach agus uaireannan ann an eileanan taobh a-staigh Loch. Tha a' mhòr chuid aca air no faisg air a' chosta. *"Chaidh dùin a thogail ann an iomadh cruth-tìre eadar-dhealaichte, cho eadar-dhealaichte ri cruth-tìre Alba fhèin"* a rèir arc-eòlaiche agus neach-sgrùdaidh dùin Tanja Romankiewicz (2016, 7).


Tha còrr is 500 làrach ann, air fhàgail no air an clàradh, a tha air an comharrachadh mar dùin. Ach chan eil ach fianais fhaicsinneach sam bith air fhàgail de na *h-eileamaidean structarail* aca, agus chan eil ach mu leth dhiubh àrd gu leòr fhathast airson coltas tùir a bhith orra fhathast (no fianais ann gur dòcha gun robh iad àrd uair). Is dòcha gun robh tòrr a bharrachd ann uair, agus gun deach an call mar thoradh air pròiseasan sgrios leithid tuiteam, goid cloiche no bleith cladaich. A rèir an arc-eòlaiche Dennis Harding, *"A bharrachd air beagan làraichean a tha fhathast ann agus fhathast aig ire àrd gu leòr gus an gabh na feartan structarail a sgrùdadadh gu mionaideach, chan eil anns a' mhòr-chuid de dh'eisimpleirean eile ach torran cloiche, agus mar sin, cha ghabh prìomh fheartan structarail, leithid gailearaidhean, sgeilpean cloiche agus ursainnean aithneachadh idir"* (2004, 118).



Chunnaic a' mhòr-chuid de dhùin pròiseas togail agus an uair sin diofar amannan còmhnaidh, a' gabhail a-steach atharrachadh agus càradh, gus an deach an trèigsinn agus gus an do thuit iad. Sheall cladhach arc-eòlais o chionn ghoirid aig dùn **Clach-tholl** ann an Asainte gun deach a thogail anns a' 4<sup>mh</sup> linn RC, ach cha deach fianais dhachaigheil a lorg ach bho na deicheadan mu dheireadh de chleachdad, mus deach a losgadh gu talamh timcheall air a' bhliadhna 1 RC/AD. Chaidh fianais a lorg de dh' obair a bh' ann roimhe – a' gabhail a-steach obair luchd-togail tùsail an dùin, a rinneadh 300 bliadhna roimhe sin – a sguabadh air falbh.

Bidh na diofar *amannan còmhnaidh* a' tachairt thairis air grunn linntean, agus bidh am *pròiseas sgrios* a' tachairt thairis air dà mhìle bliadhna. Bidh iad a' cruthachadh 'duilgheadas glèidheteachais' a tha, a rèir an arc-eòlaiche Ian Armit, "aig cridhe cuid de na connspaidéan as doimhne agus as fhaide a tha air a bhith ann eadar arc-eòlaichean a tha an sàs ann an rannsachadh air dùin" (2003, 15).

Tha an sgeulachd air fad mu bhith a' cladhach agus a' glèidheadh Chlach-toll air a h-innse ann an *Clachtoll Broch: an Iron Age home in Assynt* le Charlotte Douglas. Nuair a chaidh an dùn a chladhach chaidh fianais iongantach a lorg de bheatha làitheil ann an Linn an larainn, bho stuthan dachaigheil agus obair-ciùird gu fuigheall lusan is ainmhidhean. Chaidh an t-slighe a-steach a bha cunnartach a dhèanamh seasmhach cuideachd tron obair agus thòisich seo pròiseas riaghlaidh glèidheteachais. "Bha taobh a-staigh an dùin uaireigin làn sprùilleach," sgrìobh Charlotte, "ach às dèidh obair cladhach, chithear sìos chun na fo-chreig. Faodaidh luchd-tadhail a-nis coiseachd tron doras, aig a bheil àrd-doras triantanach mòr air a mhullach, tron transa a-steach, agus a-steach dhan dùn fhèin" (2022, 17).





## Arc-eòlas agus an sòisealtais

*"Air costa a tuath agus an iar a' Chuain Siar, tha e cha mhòr cinnteach gun robh tùir dhùin chan ann a-mhàin nan àitean-còmhnaidh dhan teaghlaich fharsaing ach cuideachd nan daingnichean airson stòradh coitcheann de thoraidhean"*

Dennis Harding, *Iron Age Hillforts in Britain and Beyond*, 2012, 21.

Bha dùin tèarainte, air an togail gus teaghlaichean agus stòran a dhìon, agus bha iad nan dachaighean, air an togail gus fasgadh agus àite-còmhnaidh a thoirt dhaibh. Ach bha iad cuideachd drùidteach, air an togail gus seilbh agus gabhaltais fearainn a nochadh. Oir bha tòrr stuthan, sgilean agus obair a dhìth gus na structaran sin a thogail. 'S e ailtireachd taisbeanaidh a bh' anna – aithrisean air dearbh-aithne chultarail is shòisealta, agus a rèir coltais mar chomharra de mhòr-mhiann pearsanta agus dearbhadh air cumhachd agus ruigsinneachd eaconamach. "Ma tha na dùin ro phailt airson a bhith aig uaislean fiù 's aig ire gu math ìosal" tha an t-arc-eòlaiche Dennis Harding air sgrìobhadh, "feumaidh gun robh iad nan dachaighean dionta aig teaghlaichean neo-eisimeileach, le talamh a tha an sàs ann an tuathanachas agus àrach stoc" (2009, 288).

Nuair a bhios iad a' sgrùdadadh *traidisean ailtireachd* ro-eachdraidheil, bidh coimeas eadar diofar sheòrsaichean làraichean a' cuideachadh arc-eòlaichean gus obrachadh a-mach dè na feartan a dh'haodadh a bhith nan roghainnean sònraichte aig luchd-togail dùn fa leth, nan *traidiseanan ionadail* no roinneil na coimhearsnachd san fharsaingeachd, agus dè na feartan a tha samhlachail dhan chomann-shòisealta san fharsaingeachd (is e tip-eòlas no *typology* mion-sgrùdadadh no seòrsachadh stèidhichte air feartan no roinnean-seòrsa). A rèir an arc-eòlaiche Tanja Romankiewicz, tha "*Cànan ailtireachd an dùn a' gabhail a-steach feartan iom-fhillte de roghainnean fa leth, traidiseanan ionadail agus roinneil, agus conaltradh thar-roinneil as urrainn a bhith air an cur an cèill anns an dealbhadh aig taigh fa leth*" (2016, 1).

◀ Dùn Culswick ann an Sealainn.

© Hamish Fenton


Dh'fhaodte gur e eisimpleir de na roghainnean aig ailtire fa leth a th' anns na clachan àrd-dorais triantanach os cionn an t-slige a-steach do dhùin leithid **Caisteal Gruagaig**, **Clach-tholl** agus **Culswick**. Dh'fhaodadh 'traidisean ionadail neo roinneil' a bhith air a dhearbhadh leis an eadar-dhealachadh eadar Gallaibh, mar eisimpleir, far an robh na fosglaidhean do cheallan agus gailearaidhean taobh a-staigh nam ballachan gu tric air an togail timcheall air a' phrìomh thrannsa a-steach, agus san Eilean Sgitheanach, far an robh slige a-steach gu cealla no gailearaidh gu tric mu choinneamh a' phrìomh thrannsa a-steach. Tha am fasan a bhith a' togail tùir shuaicheanta cuideachd na aithris air dearbh-aithne 'tar-roinneil' nas fharsainge – tha an *aitireachd taisbeanaidh* na dheagh aithris air dearbh-aithne chultarail is shòisealta thar a' mhòr-chuid de chosta a' Chuain Siar. Feumaidh gur e aithrisean a dh'aona għnothaich a bh' anns na dùn air a' Għalldachd a bha fada air falbh bhon chòrr, leithid **Torwood** faisg air an Eaglais Bhric.


Tha an t-arc-eòlaiche Tanja Romankiewicz air sgrùdadadh a dhèanamh air ailtireachd nan dùn air feadh na h-Alba. Tha an mion-sgrùdadadh ailtireil aice air togail dùin a' toirt cunntas air "pròiseas de dheuchainnean agus eòlas, de shoirbheachadh, fàilligeadh agus leasachadh mean air mhean" agus na dhòigh-obrach san fharsaingeachd a dh' fheuch ri "stuthan agus saothair a lùghdachadh agus aig an aon am a bhith a' faighinn na buaidh as mothà le bhith a' leantainn dealbhadh sònraichte". Thogadh **Dùn an Ruigh Ruaidh**, mar eisimpleir, air flor oir sgarpa, agus mar sin tha aghaidh na creige gu h-iosal a' dùblachadh àirde an dùin nuair a thathar ga fhaicinn bho astar. Thog an luchd-togail dùn ionadail aig Tanja *aitireachd taisbeanaidh a' leantainn bun-bheachd de dhùn a bha "sùbalte gu leòr gus diofar dhearbh-aithne roinneil a ghabhail a-steach agus gus eadar-dhealachaidhean roinneil sònraichte a leantainn taobh a-staigh an sgeama iomlan"* (Romankiewicz, 2016, 20-21).

Gus an dùn a thuigsinn mar *aitireachd taisbeanaidh*, feumaidh sinn smaoineachadh air cho mòr 's a bha e bhon taobh a-muigh, an dà chuid nuair a choimheadar air fad air falbh sa chruth-tire, agus nuair a choimheadar air faisg air làimh. Bhiodh meud leth a-staigh an dùn air a bhith drùidh teach cuideachd, an dà chuid cho iom-fhillte 's a tha e do dhaoine a' gluasad mun cuairt, agus nuair a bhiodh cuideigin na shuidhe aig a' chagailt anns a' phrìomh àite-furich, is dòcha a' coimhead suas a-steach do sparran a' mhullaich gu h-àrd. Is e seo ailtireachd a tha air a dhearbhadh gu soilleir gus buaidh a thoirt air an neach-tadhail agus gus inbhe an teaghlaich a tha a' fuireach taobh a-staigh a bhallachan a dhearbhadh.

Tha **Dùn an Ruigh Ruadh** suidhichte air àrd-ùrlar os cionn Loch Braoin, direach os cionn creag air a bheil pàrt den structar air tuimean. Chaidh an dealbh tomhaiste arc-eòlaic seo a dhèanamh le sgrìobhainnean didseatach an latha an-diugh le sgrùdadagh sgana leusair. Chithear an trannsa a-steach air taobh an ear-dheas, a tha a-nis làn de sprùilleach, agus tha sgéilp cloiche a' ruith timcheall an taobh a-staigh. Thathar air fang-chaorach ceart-cheàrnach a thogail ri taobh iار-دھا ئاسان

© AOC Archaeology





## Traighean-cuibhle

Faisg air deireadh na ciad mìle bliadhna RC, ann an Sealtainn agus na h-Eileanan an lar, tha e coltas gun deach traighean-cuibhle ann an traidisean traighean-cruinn a' Chuain Siar a thogail an àite nan dùn. Tha traighean-cuibhle nan traighean-cruinn cobhaireachd adhartach le colbhan cobhaireachd no ballachan goirid air an taobh a-staigh, a tha a' cruthachadh sreach de dh'oiseanan timcheall air àite sa mheadhan. Bha mullach cloiche corbalte air ceann gach oisean, a bha a' dèanamh fàinne cloiche làidir às an deach mullach còinach fiodha agus tughaidh a thogail. Tha traighean-cuibhle cruinn agus tha na colbhan rèideal coltach ri spògan cuibhle. Ach, eu-coltach ri dùn, chaidh a' mhòr-chuid de traighean-cuibhle a thogail a-steach dhan talamh, no a-steach do thobhtaichean de thogalaichean a bh' ann roimhe, a' ciallachadh gun robh na ballachan a-muigh iosal no nach robh iad ann idir, agus mar sin nach fhaiceadh neach-tadhail ach meall gun choltas sònraichte air.

An coimeas ri dùin, bha coltas ann gun robh glèidheadh-teas nas fheàrr aig na traighean-cuibhle iosal, agus gun robh iad a' cleachdadh nas lugha de dh'fhiadh - stòras a bha gu math gann. Ach, bha iad a cheart cho sònraichte is cho drùidh teach, direach ann an dòigh eadar-dhealaichte. "Coltach ri traighean-cruinn a' Chuain Siar" tha Iain Armit a' mìneachadh, "b' e togalaichean fior mhòr a bh' ann an traighean-cuibhle, a bha feumach air mòran sgil agus goireasan airson an togail agus an cumail suas... Ach chan fhaiceadh duine sam bith cho mòr 's a bha iad air an taobh a-staigh ach a-mhàin daoine a fhuair cothrom a dhol a-steach. Bhon taobh a-muigh, bhiodh iad gu tric cha mhòr do-fhaicsinneach" (2015, 193). Tha iad nan eisimpleirean de dh'aitireachd taisbeanaidh bhon aon traidisean ailtireil – ach tha an eileamaid taisbeanaidh anns an àite a-staigh a-mhàin.

Tha traighean-cuibhle ann an dà phrìomh àite eadar-dhealaichte: na h-Eileanan Siar agus na h-Eileanan a Tuath (a' mhòr-chuid ann an Sealtainn), le beagan dhiubh sgapte air feadh a' chòrr de chosta a' Chuain Siar. Ged a tha e coltach gu bheil traighean-cuibhle gu math coltach ri chèile anns gach sgìre, tha eadar-dhealaichdhean sònraichte ann. Tha na h-eisimpleirean de traighean-cuibhle a tha air fhàgail agus a chaidh a chladhach anns na h-Eileanan an lar gu ìre mhòr fon talamh, an dara cuid air an togail a-steach do dhùin ghainmlich no air an togail am broinn sprùilleach bho structaran nas sine a thuit am broinn a chèile. Tha na làraichean ann an Sealtainn mar as trice air an togail am broinn thogalaichean nas sine, agus tha coltas ann gu bheil sgeilpean cloiche air an taobh a-staigh aig cuid de na h-eisimpleirean tràth a uaireannan tha staidhrichean a-muigh ann, a' sealltainn gur dòcha gun robh lär shuas ann.

Tha eadar-dhealaichdhean ann cuideachd a thaobh na h-innleadaireachd structarail aca. Tha cuid de na colbhan rèideal ceangailte ris na ballachan a-muigh os cionn àirde shònraichte gus taic a thoirt do na mullaichean coirbealta gu h-àrd, le transaichean no beàrnan eadar an colbh agus am balla. Tha colbhan mòra ann an cumadh sliseagan-paiddh aig cuid gus taic a thoirt dhan choirbealachd gu h-àrd, leis na colbhan nas doimhne ri taobh a' bhaile agus a' fàs nas taine agus iad a' sìneadh a-steach dhan mheadhan. Tha cuid eile ann aig a bheil colbhan fada is tana agus is dòcha nach robh iad làidir gu leòr airson coirbealachd a ghiùlan. Dh'fhaodte gun robh iad seo a' cumail suas fiodhrach an àite seo. Agus leis an fhanais gun robh sgeilpean cloiche ann agus staidhrichean a-muigh, tha seo a' sealltainn gur dòcha gun robh ùrlaran ann shuas. Lorgar an innleadaireachd structarail iom-fhillte seo ann an Sealtainn mar as trice.

Rinn traighean-cuibhle am feum as mothà 's a ghabhas den chomas structarail aig cobhaireachd, agus tha an aon ìre, no barrachd, de dhiofaran ailtireil eadar cruthan traighean-cuibhle 's a th' ann eadar na dùin.



## Traighean-cruinn fiodha


*"Dh'fhaodadh gun robh tòrr cumhachd agus beairteas aig daoine leis an robh smachd air tùsan fiodha ann an Alba ann an Linn an larainn, ann an coimhearsnachdan far an robh uimhir de chliù agus inbhe air a thaisbeanadh, tro ailtireachd dachaigheil, a rèir coltais. Bha an ailtearachd fhèin an urra ri cothrom air pailteas de dheagh fhiodh"*

Ian Armit and Ian Ralston, 'The Coming of Iron' ann am *People and Woods in Scotland*, TC Smout (ed), 2003, 50.

Bha naraighean-cruinn Atlantaigeach, dùin mar eisimpleir, nam pàirt de cho-theacs co-aimsireil mòran nas fharsainge de traighean-cruinn fiodha mòra. "Anns an fharsaingeachd, faodar iad sin a roinn ann an traidisean togail fiodha a tha gu ìre mhòr co-cheangailte ri ceann a deas agus taobh an ear na h-Alba, agus traidisean togail cobhaireachd (a bha fhathast a' cleachdadh tòrr fiodh structarail) sa cheann a tuath agus san iar" (Armit agus Ralston 2003, 47). Tha an teirm taigh-cruinn a' mìneachadh traidisean na h-ailtireachd, ach chan eil sin a' ciallachadh gun robh iad uile nan dachaighean. Mar eisimpleir, lorg arc-eòlaichean bho chionn ghoirid an làrach aig ionad obair-ciùird bho Linn an larainn ann an Cùil Daothail ann an Inbhir Nis. Tha e coltach gun robh e gniomhach eadar an 2na linn RC agus an 3s linn AD. Anns a' chiad ìre bha co-dhiù deich bùithlean-obrach ann, mòran dhiubh le fùirneisean leaghaidh iarainn, agus ceithir traighean-cruinn fiodha, agus bha dà thaigh-cruinn fiodha fior mhòr anns an dàrna ìre. Tha an cladhach air tuigse air leth beairteach agus mionaideach a thoirt dhuinn air gniomhachasan obair-mheatail agus saothrachadh ciùird sònraichte ann an Linn an larainn – ach 's e meud agus iom-fhillteachd nan traighean-cruinn fiodha bhon 1d chun an 3s linn AD a tha gu sònraichte inntinneach an seo.

Chaidh balla a-muigh an taigh-chruinn fiodha as mothà ann an Cùil Daothail a chruthachadh le clearcall de phuist a bha dlùth ri chèile suidhichte ann an dìg (ris an canar cuairt-ghròb) a bha mu 18 m ann an trast-thomhas. Bha am prìomh clearcall de phuist fiodha direach a bha nan cnàimhneach agus a bhiodh a' cumail suas an structair air fad (ris an canar clearcall puist) timcheall air 9 m ann an trast-thomhas; bha gach fear de na puist sin mòr agus air an suidheachadh gu domhainn, agus iad mu 0.5 m ann an trast-thomhas agus air an cur suas ri 1 m a-staigh dhan talamh. Bha poirdse inntrigidh drùidteach air a chuartachadh le puist mhòra fiodha, agus bha iad sin agus an clearcall a-staigh de phuist mòr gu leòr airson Ùrlar àrd no mezzanine a chumail suas. Bha an aon seòrsa cruth air an dàrna togalach.

Thuit an luchd-rannsachaidh gun robh naraighean-cruinn mòra sin nan "structaran mòra fiodha a bha air an deagh chumail suas agus air an deach atharrachaidhean a dhèanamh rè am beatha. Tha meud nan togalaichean agus farsaingeachd nan nithean àrd-inbhe a chaidh a lorg taobh a-staigh nan togalaichean a' sealltainn gur e



togalaichean cudromach a bh' anna seo taobh a-staigh coimhearsnachd aig an robh àrd inbhe agus deagh cheanglaichean. Tha farsaingeachd nan innealan agus an sprùllich a chaidh a lorg san dà thaigh a' sealltainn gun robh dlùth cheangal aig na togalaichean sin ris na gnìomhachasan mun cuairt. Leis cho mòr 's a tha iad, dh'fhaodte gun robh na togalaichean sin nan àiteachan a bha air an cleachdad airson iomadh diofar rud; taigheadas dachaigheil, stòradh tèarainte do bhun-stuthan luachmhor, àite stiùideo airson obair-chiùird glan leithid obair leathair agus àite cruinneachaidh dhan choimhearsnachd" (Hatherley agus Murray, 2021, 83).

Sgriobh an t-arc-eòlaiche Dennis Harding mu mheud agus iom-fhillteachd nan structaran fiodha a chaidh a lorg ann an Cùil Daothail "cha bu chòir iongnadh a bhith oirnn mu cho math 's a tha inbhe na h-obrach ann am fiodh, oir tha eisimpleir nan dùn a' taisbeanadh sgilean ailtireachd air leth ann an cloich" (2020, 256). Tha an aon bheachd cuideachd iomchaidh a thaobh càileachd is iom-fhillteachd an àirneis a bhiodh sna dùin uair: tha grinneas innleadaireachd structarail nan dùn ann an cloich a' ciallachadh gur dòcha gun robh an aon seòrsa sgil comasach ann am fiodh.

Dh'fheumadh cothrom furasta a bhith aig an luchd-togail air deagh fhiodh gus na buill fiodha ann an dùin a dhèanamh, mar eisimpleir, an t-ùrlar agus am mullach, is dòcha bho choille air a stiùireadh. Tha modail stiùireadh na coille a' cumail taic ris a' bheachd gun deach dùin a thogail ann an coimhearsnachdan ann an suidheachaidhean sòisealta seasmhach le gabhalas fearainn a bha meadhanach tèarainte. Dh'fheumadh coilltean a bhith air an stiùireadh fad ùine gus pìosan fiodha iomchaidh a dhèanamh, agus dh'fhaodadh gun tug seo cothrom do luchd-togail nan dùn fiodh a bha air ùr-gheàrradh a sheachnad, a bhios uaireannan a' seacadh nuair a bhios e a' tiormachadh.

Tha an lionra de cheanglaichean sòisealta is eaonamach roinneil ris am biomaid an dùil bhon chlàr arc-eòlais a' sealltainn gur dòcha gun robh malairt ann am fiodh ullaichte, le fiodh a' tighinn bho sgìrean coillteach nas fhaide air falbh – sgìrean far as dòcha gun robh riaghlaigh air stòrasan coille. "Le bhith a' cleachdad na h-uimhir de phìosan fiodha mòra", tha na h-arc-eòlaichean Ian Armit agus Ian Ralston den bheachd, "gum feumar gun solar tèarainte a dhìth, co-dhiù bha seo bhon sgìre ionadail neo tro mhalaир le luchd-malaир air tir-mòr" (2003, 50). Thuirt an t-arc-eòlaiche Noel Fojut cuideachd: "Ma chaidh fiodh a thoirt a-steach, feumaidh gun robh soithichean ann le comas-mara ann am meadhan Linn an larainn, a bha comasach air caragothan mòra de dh'fhiodh a tharraing no a ghiùlan" (2005, 199).

A bharrachd air sin, nuair a chaidh cladhach àrc-eòlais a dhèanamh ann an **Dùn Bharabhat** ann an Leòdhas, chaidh fianais a lorg gun robh cuid den fiodh na fiodh-cladaich. Bhiodh na coilltean mòra a tha a' còmhdaich costa an ear Ameireaga a Tuath air tòrr fiodh-cladaich nàdarra a chruthachadh, a bhiodh an uair sin air a ghiùlan le Sruth a' Chuain Siar gu cladaichean air taobh an iar na h-Alba.

◀ Tha trast-tomhais de 19m aig an taigh-cruinn as motha ann an **Cùil Daothail**. An seo chì thu mar a bha an ceartail a-muigh de phuist fiodha a slotachadh gu teann taobh a-staigh na trainse aca, agus bha an ceartail a-staigh de cheithir puist fiodha deug nas motha a' cumail a' mhullach suas. Air an taobh a-muigh, bha frith-rathad dòirneagach ann gu poirdse drùidh-teach, agus air an taobh a-staigh bha àite dòirneagach a bha a' dol dhan làimh chì bhon inntríeadh.



## Coincheap agus dealbhadh

An-diugh, tha na togalaichean suaicheanta againn nan taighean-tasgaidh no tallaichean-ciùil, air an dealbhadh le ailtirean cliùiteach leithid Richard Rogers, Zaha Hadid no Norman Foster. Coltach ris an Tùr Eiffel ann am Paris, an Taigh-opara ann an Sydney no Pàrlamaid na h-Alba ann an Dùn Èideann, tha na daoine a bhios gan coimiseanadh agus na h-ailtirean a bhios gan dealbhadh airson 's gum bi na togalaichean sin a' riochdachadh a' baile-mòr no na dùthcha - ìomhaighean suaicheanta den ùine agus den àite aca.

Nuar a tha sinn a' coimhead air arc-eòlas Albannach, chan eil sinn a' smaoineachadh air togalaichean ro-eachdraidheil mar thogalaichean a chaidh a dhealbhadh le ailtirean cliùiteach – ged a tha sinn den bheachd gu bheil dùin suaicheanta. Chan eil sinn a' smaoineachadh air na togalaichean sin mar thogalaichean a chaidh a dhealbhadh airson am bòidhchead a thaobh cruth – ach tha an lùbadh eireachdail ann an dùn mar **Mhousa** agus cho caol 's a tha colbhan ann an taigh-cuibhle taitneach dhuinn. Chan ann tric a bhios sinn a' smaoineachadh air cho iom-fhillte 's a tha an obair togail – gus an cnuasaich sinn air ciamar a chaidh àrd-doras no puist fiodha a chur nan àite, agus mar a chaidh coirbealachd a chothromachadh.

Tha e duilich dhuinn cuideachd tuigsinn cò ris a bha na feartan air an taobh a-staigh coltach bho na tha air fhàgail – ach dh'fhaodte gun biodh mullaichean àrda air na taighean-cruinn sin uile, cho àrd ri talla consairt, agus is dòcha le fuaimearachd iongantach coltach riutha. Is dòcha gun aontaich sinn gu bheil an aon bhun-bheachd dealbhaidh aig pioramaidean no teampail Ghreugach – ach a thaobh ro-eachdraidh na h-Alba, tha e nas duilge gun a bhith den bheachd gun robh togalaichean air an togail mar thoradh air ceistean practaigeach, leis a' chosgais agus an oidhrip as lugh san amharc.

Le bhith a' coimhead air dùin, taighean-cuibhle agus taighean-cruinn fiodha mòra bho shealladh ailtireil, a' beachdachadh air bun-bheachdan dealbhaidh, dòighean togail agus cleachdadh stuthan, chì sinn gu bheil iomradh rud sa chumantas eadar na seòrsaichean togalaich seo, a dh'aindeoin nan iomadh eadar-dhealachadh.

Mar eisimpleir, bha iad uile air an dealbhadh a rèir bun-bheachd structarail coitcheann: bha iad air an togail gus am biodh an taobh a-staigh a' giùlan a' mhòr-chuid de chuideam a' mhullaich agus gus am biodh eileamaid structarail a-muigh a' dòn an structair a-staigh bho ghaoth is droch shìde. Anns na taighean-cruinn fiodha, is e an cearcall de phuist àrd bheartagail, suidhichte mu 1/3 a-staigh bhon trast-thomhas a-muigh a tha a' toirt taic dhan mhullach. Dh'fhaodadh gur e sgrìn clèith no balla sgrathan tiugh le deagh ghlèidheadh teas a bh' anns a' bhalla a-muigh, neo measgachadh den dà chuid. Ann an dùin, bha cuideam a' mhullaich gu ire mhòr na laighe air ceann a' bhalla, agus bha am balla a-staigh den bhalla dhùbailte a' giùlan cuideam a' mhullaich sìos chun na talmhainn. Chùm am balla a-muigh am balla a-staigh seasmhach agus dhòn e e an aghaidh caochlaideachd na gaoithe agus sìde ràitheil

leithid sneachda. Airson taighean cuibhle, bha colbhan air leth ann an àite aon bhalla a-staigh mar a bh' aig dùin. Chaidh iad sin an uair sin a chur a-steach dhan bhalla a-muigh mun cuairt le mullach coirbealta. Tha sgaoileadh nan luchdan eadar-dhealaichte a-staigh agus a-muigh ann am páirtean fa leth den togalach leithid ballachan a-staigh / colbhan / cearcallan de phuist agus ballachan a-muigh a' sealltainn tuigse dhomhainn air *innleadaireachd structarail*. Tha am bun-bheachd structarail coitcheann seo na phriomh eileamaid de *thraighean ailtireachd* nan taighean cruinn mòra.

Tha bun-bheachd coitcheann eile a' nochdadh ann an cruth an leth a-staigh. Bha ballachan a-staigh, cidhechan no cearcallan de phuist a' sgaradh an àite sa mheadhanach bho na h-àiteachan iomallach timcheall air. Co-dhiù bha inntrigeadh ri gailearaidh no cealla dùin bhon mheadhan, bho oiseanan eadar dà cholbh taigh-cuibhle timcheall air an àite sa mheadhan no bhon dìg chruinn timcheall air cearcall-puist an taighe-chruinn, tha iad uile a' sealltainn gun deach an spàs a-staigh a chleachdadh san aon seòrsa dòigh: àite cearcallach sa mheadhan air a chuirteachadh le àiteachan iomaill, a tha nam priomh eileamaid eile den *dualchas ailtireachd*.

Le a leithid de choltas coitcheann ann an dealbhadh structarail agus spàsail, tha e coltach gun robh daoine ann an Linn an Larainn ceangailte gu math agus a' co-roinn bheachdan thairis air sgìrean mòra. Tha dùin agus taighean-cuibhle cumanta ann an ceann a tuath agus taobh an iar na h-Alba far a bheil deagh chlachan-togail pait, ach lorgar beagan dùin ann an ceann a deas na h-Alba cuideachd. Tha taighean-cruinn le ballachan cloiche aithnichte ann an Èirinn, sa Chuimhrigh agus sa Chòrn, agus chaidh taighean-cruinn le cearcall de phostaichean a thogail ann am fiadh air feadh Bhreatann is Èirinn agus fiù 's ann an ceann a tuath na Frainge.

Is dòcha gu bheil dùin a' coimhead cho annasach an-diugh leis nach eil sinn cleachdte ri taighean cruinn agus nach eil sinn den bheachd gum biodh daoine san àm a dh'fhalbh a' fuireach ann an togalaichean àrda. Tha an dòigh anns a bheil sinn ag ath-chruthachadh agus a' smaoineachadh air taighean-cruinn fiodha mòra, le ballachan ìosal agus mullaichean mòra tughaidh cònach, a' fàgail gu bheil iad a' coimhead gu math eadar-dhealaichte ris na ballachan àrda agus na mullaichean beaga a bhios sinn ag ath-chruthachadh airson dùin, neo an cruth leth-fho-thalamh a tha sinn air a shònachadh do thaighean-cuibhle. Tha e ro fhurasta diofar sheòrsaichean thogalaichean fhaicinn agus gun a bhith a' faicinn nan ceanglaichean eatorra, agus tuigsinn gu bheil rudan aca sa chumantas.

Tha e coltach gun robh dealbhadh ailtireil cudromach ann an comann-sòisealta Linn an Larainn, agus gun deach a chleachdadhus dearbh-aithne agus inbhe a shealltainn, direach mar a tha dealbhadh ailtireil an-diugh. Bha na togalaichean fasanta sin cuideachd a' comharrachadh mothachadh air àite agus ceangal, agus bha iad a' sealltainn cruthachalachd agus ùr-ghnàthachadh. B' e dealbhadh ailtireil ùr-nodha a bha seo aig an àm – mar an ailtireachd ùr-nodha a th' againgn an-diugh – agus tha seo fior a thaobh a h-uile taigh-cruinn bho Linn an Larainn, co-dhiù bha iad air an togail ann an cloich no fiadh.





## Luchd-togail nan Dùn

*"Tha dealbh a' nochdadadh de dhachaighean tarbhach,  
a chuir an cèill an cuid soirbheachais agus an cuid  
cheanglaichean tro ailtireachd dhachaigheil ghrinn"*

Tanja Romankiewicz, 'Land, Stone, Trees, Identity, Ambition: the Building Blocks of Brochs' in *Archaeological Journal*, 2016, 21.

Tha sinn a' sealltainn grunn diofar dhleastanasan a dh'fhaodadh a bhith an lùib togail an dùin mhac-meanmnaich againn, **Dùn Seanchas**. Dh'fheuch sinn ri dhèanamh cinnteach gum biodh cothromachadh againn eadar gnèithean, agus eadar sean is òg cuideachd. Ach, tha tòrr dhreuchdan ann nach do sheall sinn, a' fàgail mòran cothrom airson mac-meanmna, agus chan eil sinn a' taisbeanadh ach aon mhodail de bheatha teaghlaich.

*"Às aonais tùsan sgrìobhte"*, sgriobh an t-arc-eòlaiche Julia Koch, "tha e duilich fios a bhith againn air de na structaran teaghlaich a bh' ann stèidhichte air cultar stuthan a-mhàin. Is urrainn tòrr dhiofar chruthan a bhith air beatha teaghlaich agus faodaidh diofar thachartasan buaidh a thoirt oirre" (2021, 30). Is dòcha gun robh beatha teaghlaich nan sinnsirean ro-eachdraidheil bho chionn dà mhile bliadhna gu math eadar-dhealaichte bhon fheadhainn againn fhìn – agus a cheart cho iom-fhillte. "Gun tùsan sgrìobhte no dealbhach, chan urrainn dhuinn na ceistean a fhreagairt a-nis an do dh'fhàs clann suas le pàrantan bith-eòlasach no sòisealta, dè cho fada 's a dh'fhuirich iad còmhla riutha, agus an deach an togail le fear is boireannach" (Koch, 2021, 30). Cha bu chòir cruth an teaghlaich dùin againn a mheas cinnteach, agus faodaidh sinn a bhith an dùil gu reusanta gum biodh teaghlaichean Linn an larainn gu math eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a th' ann an-diugh, gu sònraichte leis mar a bhiodh daoine de gach aois air an call mar thoradh air galair is leònadh. Ach, tha an teaghlaich dùn againn na dheagh thoiseach tàiseachaidh gus a bhith a' smaoineachadh air luchd-togail an dùin mar dhaoine fior. Bhiodh an teaghlaich leudaichte cuideachd

◀ Bha luchd-togail nan dùn ann an Alba ann an Linn an larainn ceangailte ri saoghal nas fharsainge de chànan is cultar Ceilteach. Tha an sealladh gréiste eireachdail seo, ag ath-aithris pannal airgid sgeadaichte bhon Choire Gundestrup ainmeil, a chaidh a lorg ann am boglach san Danmhairg ann an 1891. Tha ban-dia air a sealltainn le gàirdeanan paisgte air a broilleach. Tha torc mòr oirre agus tha a falt òir ann an dà dhual. Tha dà fhigear ri a taobh, fear a' cur fàilte air cù seilge agus fear eile a' leum gu h-àrd. Tha ealain is beul-aithris Cheilteach loma-làn de dhiathan is bhan-diathan, gaisgich is bana-gaisgich, a' mhòr-chuid a-nis gun ainm agus na gniomhan aca air an diochumhneachadh. Chaidh an obair-ghrèisidh balla a dhèanamh le clòimh à Sealtainn, grìogagan agate, hematite agus glainne, snàthlainn anairt agus clò Hearach.

© Lily Hawker-Yates



a' gabhail a-steach luchd-eisimeil neo-cheangailte, leithid daltachan, searbhantan, agus is dòcha fiù 's traillean.

Leis an rangachd shòisealta a bha ann nar beachd, chaidh dùin a choimiseanadh le *dachaighean tarbhach*, nuair a bha còrralachd àiteachais aca agus stòrasan gu leòr aca airson a bhith a' togail *aitireachd taisbeanaidh* àrd-inbhe cho grinn. A-rithist, ged is dòcha gur e seo an suidheachadh as coltaiche, agus gu ire mhath furasta a mhìneachadh, cha bu chòir dhuinn meas gu bheil sinn deimhinntè às. Leis a' mhodail mhac-meanmnach againn b' urrainn dhuinn an aithris arc-eòlais againn a chur ris na h-aithrisean labhairteach fisceanail agus na dealbhan againn gu furasta. Mar eisimpleir, tha beairteas agus inbhe na dachaigh ri fhaicinn nan aodach agus nan seudan, agus faodar coimeas a dhèanamh eadar seo agus aodach an searbhantan no leathar cruaidh nan clachairean.

A' cuimhneachadh air seo, dè an dòigh as fheàrr air tòiseachadh a' smaoineachadh air daoine bho chionn còrr is dà mhile bliadhna? Uill, thòisich sinn leis na h-ainmean. Tha ainmean nan caractaran san sgeulachd againn air an toirt bho ghrunn iomraidean air ainmean Cruithneach ann an tùsan Gàidhlig is Beurla, agus a tha air fhàgail mar eileamaidean de dh'ainmean-àite, ann an sgriobhadh Ogham agus faclan iasaid sa Ghàidhlig. Bha freumhan coitcheann aig Cruithnis is Gàidhlig anns na cànanan Ceilteach Eòrpach san fharsaingeachd a bhathar a' bruidhinn rè Linn an larainn, nuair a bha costa a' Chuain Siar na lionra beairteach de cheanglaichean cultarach. Mar sin tha ainm Èireannach air matriarch an dùin againn, Eithne, agus 's dòcha gur e Èireannach a bh' innte, no gun robh ceanglaichean aig a teaghlach ri Èirinn. B' e bana-phrionnsa Èireannach a bh' ann an Eithne Bhàn a chaidh iompachadh gu Crìosdaidheachd leis an Naomh Phàdraig anns a' 5mh linn AD.

An uair sin bha againn ri co-dhùnadhbh dè an t-aodach agus seudaireachd a bhiodh aig na daoine. Tha cladhach arc-eòlais aig dùin air farsaingeachd de nithean agus stuthan a lorg – rud ris an can arc-eòlaichean *cultar stuthach*. Chaidh tòrr crèadhadaireachd a lorg, agus stuthan sgeadachaidh leithid prìnichean cinn-fhàinne, fàinneachan-meòir shniomhanach, grìogagan glainne agus cìrean le làmhan fada, a bha airson fighe is dòcha. Chaidh clachan-bràthan airson a bhith a' bleith bàrr a lorg, cho math ri lampaichean cloiche airson solas. Ach, fhuair sinn brosnachadh bho Linn an larainn Cheilteach ann an ceann a tuath na Roinn Eòrpa san fharsaingeachd, agus chan eil sinn air ar cuingealachadh fhèin ris an 4<sup>th</sup> linn RC nuair a bha luchd-togail tùsail nan dùn beò.

Mar as trice cha mhair aodach san talamh, ach tha sinn fortanach gu bheil eisimpleirean againn de dh'aodaich (agus cuirp) glèidhete às an Roinn Eòrpa bho àm nan dùin. Rinn sinn rannsachadh cuideachd air tòrr ìomhaighean de dhaoine ann an ìomhaighean-snaidhte, modailean beaga agus nithean eile bhon àm sin. Airson mion-fhiosrachadh, choimhead sinn air *cultar stuthach* nas fharsainge bho Linn an larainn bho cheann a tuath na h-Alba agus nas fhaide air falbh. Am measg nan sgeadachaidhean pearsanta seo bha bràistean, buinn-ghàirdein, prìnichean agus

fàinneachan-amhaich ris an canar tuirc. Tha bràiste agus torc copair aig Unuist stèidhichte air seata a chaidh a lorg ann an Allt Èireann air a' Ghàidhealtachd, agus tha bràiste umha grinn aig Cinaed airson a chleòc a cheangal ri chèile, stèidhichte air tè a chaidh a lorg ann an Obar Neithich ann an Siorrachd Pheairt. Tha bann-gàirdein mòr air Creag, stèidhichte air paidhir a chaidh a lorg ann an Caisteil Newe ann an Siorrachd Obar Dheathain. Tha e coltach gun robh diosgaichean de chruan glainne dearg is buidhe air na buinn-gàirdein seo air a bha air an cur a-steach dhan fhrèam umha. Tha daoine cuideachd air an sealltainn le tuirc orra air an Coire ainmeil Gundestrup às an Danmhairg, ach chan eil iad air h-uile duine. Cho-dhùin sinn gur ann le luchd-seilbh an dùn agus leis a' ghaisgeach a bhiodh na tuirc, agus stèidhich sinn na diofar dhealbhaidhean air eisimpleirean a lorgadh ann an àiteachan mar Blàr Dhruiminn ann an Siorrachd Shruighlea agus Allt Èireann.

Tha aodach Eithne stèidhichte air na bh' air corp boireannaich a chaidh a ghleidheadh le a h-aodach ann am boglach Huldremose san Danmhairg agus a bha beò mun bhliadhna 350 RC. Bha sgiorta clòimhe oirre agus mullach dèante à tiub de chlòimh fhighte. Sheall obair a rinneadh bho chionn ghoirid air an aodach aice gun robh fo-léine anairst oirre, agus gun robh a h-aodach gorm is dearg ann am pàtran seic an àite a bhith donn mar a bha e a' coimhead às dèidh dhì a bhith sa bhoglach fad còrr is dà mhile bliadhna. Tha an t-aodach eile stèidhichte air stoidhle dreasa a chaidh a lorg faisg air boireannach Huldremose. B' e 'dreasa peplos' a chanar ri seo agus tha i air a dèanamh à tiub de chlòimh fhighte a tha air a ghlacadh aig na guailnean, agus uaireannan a th' air a phasgadh a-null gus coilear domhainn a chruthachadh. Tha fearsaid aig Ilei airson clòimh a shniomh gus snàth a dhèanamh gus aodaich fhighe. Chaidh clàran gus bannan sgeadachaidh sònraichte fhighe do dh'aodach a lorg aig grunn dùin, agus chì thu na bannan fighte sin air oir cui'd de na cleòcan aca.

Bha muinntir Bhreatann àrsaидh ainmeil airson nan cleòcan aca le cochall clòimhe agus tha diofar dhealbhan ann de dhaoine gan caitheamh, leithid altair Genii Cucullati bho ghearastan Housesteads air Balla Hadrian bhon 3mh linn AD. Tha cochall fraoidhneasach air Talorc a tha stèidhichte air pìos aodaich maireann à Arcaibh a tha a' dol air ais gu timcheall air 300 AD, a chaidh a lorg ann am boglach ann an Tankerness san 19mh linn. Tha fios againn cuideachd gun robh braccae – seòrsa de bhriogais – air sluaighean Ceilteach taobh tuath na h-Eòrpa. Tha iad air 'borbairean' a chaidh a ghlacadh air colbh Trajan, agus tha e coltach gu bheil iad air gaisgich air Coire Gundestrup cuideachd. Chaidh brògan leathair a glèidheadh ann am boglaichean, agus cuideachd anns na mèinnean-salainn ann an Hallstatt san Ostair. Ged a tha mòran dhealbhaidhean ann, tha e coltach gu bheil a' mhòr-chuid aca air an dèanamh à aon phios leathair air a phasgadh thairis air a' chois agus air an iallachadh le leather. Tha beagan fianais ann gur dòcha gun robh seòrsachean bhrògan nas iom-fhillte ann le mullach is bonn air leth, ach chan eil eisimpleir iomlan air mairsinn.



An uair sin, bha againn ri co-dhùnadh mar a bhiodh falt dhaoine. Tha am fiosrachadh air stoidhlichean fult nam ban a' tighinn bho grunn thùsan fianais. Lorgadh corp boireannaich eile, le stoidhle gruaige dualach grinn, anns an Danmhraig ann an àite ris an canar Elling. Tha falt Ligach gu math coltach ri falt boireannach Elling. Eu-coltach ri seo, air Coire Gundestrup, a tha às an Danmhraig cuideachd, tha falt nam boireannach ann an dà fhigheachan, mar Mhael.

Thug Iulius Caesar iomradh ainmeil air muinntir ceann a tuath na Roinn Eòrpa mar 'bharbaraich le staisean fada'. Tha e coltach gu bheil ìomhaighean agus dealbhan eile de dhaoine bho àm nan dùn a' dearbhadh seo. Ach, feumaidh gur e coitcheannachadh a bh' ann am faclan Chèasair. Tha cuirp ghlèidhete a lorgar ann am boglaichean anns an Danmhraig, Sasainn agus Èirinn gu cinnteach a' sealltainn dealbh mheasgaichte de dh'aghaidhean beàrrte, staisean agus feasagan, agus mar sin chuir sinn romhainn seo uile a shealltainn sna caractaran againn cuideachd. Tha stoidhle gruaige aig Cinaed a tha glè choltach ri Fear Chluain Uí Chaomháin (*Clonycavan*), corp boglaich a chaith a lorg ann an Èirinn. B' e am feart as sònraichte den fhear an stoidhle gruaige aige, a chaith a thogail air a cheann ann am ciutha le taic bho 'gel fult' air a dhèanamh de dh'ola planntais agus roisinn giuthais, air a thoirt a-steach à iar-dheas na Frainge no ceann a tuath na Spàinne. Chaith na bha air fhàgail de cheangal fult a lorg cuideachd.

Rinn sinn deasbad cuideachd air mar a bhiodh Cinaed a' giùlan a chlaindeamh. Tha grunn ìomhaighean de ghaisgich bho àm an dùin timcheall na Roinn Eòrpa. Sheall ìomhaigh bheag cailce bho Siorrachd Iorc an Ear gaisgeach le a chlaindeamh air a dhruim, agus bha claindeamh air ìomhaigh Hirschlanden às a' Ghearmailt air crios a' ghaisgich air a bhroinn. Bha ìomhaigh Glauberg, anns a' Ghearmailt cuideachd, a' caitheamh a chlaindeamh air a chruachan deas, agus mar sin, thagh sinn sin. Tha truaill claindeimh earbaill-èisg Chinaed stèidhichte air truaill Mortonhall ann am Meadhan Lodainn, agus tha a mhàilleach stèidhichte air pìos a chaith a lorg ann an uisgeachan Loch Carlingwark ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh.

Ach dè mu dheidhinn àirneis leithid bùird is sèithrichean? "*Is gann gu bheil fianais arc-eòlasach sam bith ann a thaobh àirneis fiodha agus sgeadachadh taighe air an taobh a-staigh*", a rèir nan arc-eòlaichean Ian Armit agus Ian Ralston, "ach cha dòcha idir nach robh an leithid de shàr obair saorsainneachd ann a thaobh goireasan is àirneis a-staigh sa bh' ann a thaobh structar fiodha nan taighean-cruinn no tùir dùin. Feumaidh gun robh fiodh air a chleachdadh airson raon farsaing de rudan dachaigheil nach fhaicear ach ainneamh sa chlàr arc-eòlaist: soithichean frithealaidh is stòraidh, peileachan is baraillean, làmhan airson sgèinean, buill-airm agus innealan àiteachais, am measg tòrr a bharrachd" (2003, 53).

Tha Mousa gun samhail am measg dùn eile leis ►  
gun deach iomradh a thoirt air ann an tùsan  
litreachais ro-nuadh-aimsireil, a' nochdadh  
an dà chuid ann an Saga Egil agus ann an Saga  
Orkneyiga. Ach, bhiodh tobhtaichean nan  
dùn air a bhith nam feartan cudromach san  
t-sealladh-tire fada an deidh dhaibh a bhith  
air an trèigsinn. Dh'fhaodte gu bheil dealbh  
de dhùn ri fhaicinn air pannal air *Clach Sueno*,  
clach shnaidhte Chruithneach dhrùidheteach  
ann an Farrais. Air aon taobh tha crois mhòr  
air a' chloich, agus tha e a' sealltainn rudeigin  
a dh'fhaodadh a bhith na chrùnadh rioghail;  
tha am fear eile a' sealltainn sheallaidean  
bho bhlàr mòr. Air a snaidheadh san 9mh linn  
AD, tha Clach Sueno na mheasgachadh iom-  
fhillte de shamhlachas agus aithris, agus tha  
an tionndadh ùr seo bhon 21mh linn  
a' toirt cothrom dhuinn an obair shnaidhte  
a thuigisinn mar a bha e uair. Ge b' e dè an  
rud as cudromiche san t-sealladh murt  
uamhasach seo – agus chaith a mhìneachadh  
mar dhùn, clag no fùirneis – tha e follaiseach  
gu bheil e glè chudromach.

© David McGovern



## Dùn Seanchas

*Taigh-còmhnaidh dìonta suaicheanta ann  
an suidheachadh air leth air a' chosta le  
talamh ionaltraidh is àitich ri a thaobh*

SÀBHAILTE AGUS TÈARAINTE | DORAS EIREACHDAIL |  
CIAD ÙRLAR PLANA-FOSGAILTE | STÒRADH GU LEÒR |  
RÙM AIRSON GOIREASAN DACHAIGHEIL | BALLACHAN  
TIUGHA CLOICHE | MULLACH TUGHAIDH FRAOICH |  
CÒRR AIR 226 M<sup>2</sup> DE DH' ÀITE-FUIRICH ÙR-NODHA

Tha an togalach na thùr cruinn mòr de clachaireachd ann an traidisean mòr-chòrdte **Taigh-cruinn a' Chuain Siar**. Tha e a' tabhann àite-fuirich tarraingeach agus eireachdail thairis air dà lèò ann an àite mòr-chòrdte air a bheil fèill mhòr. Tha mòran fheartan caractar tarraingeach ann, nam measg clach àrd-dorais sònraichte os cionn an dorais, doras fiodha trom làdir, gailearaidhean eadar-bhailteil àrd agus cagailt fosgailte. Gheibhear a-steach dhan àrd ùrlar tro staidhre lùbte taobh a-staigh nam ballachan, agus tha mullach tughaidh fraoich le cruinn fiodha fosgailte a' toirt seachad dòn bhon aimsir, deagh theas-ghlèidheadh agus fuasglaidhean stòraidh a bharrachd. Tha an togalach suidhichte ann an àite fior mhath airson dòn làdir le seallaidhean math air a' chosta. Tha gabhaltais thairis air an oighreachd nas fharsainge a' tabhann raon farsaing de ghoireasan agus comasan eaonamach air leth, a' gabhail a-steach talamh ionaltraidh farsaing, achaidhean àitich, iasgach fasgach agus coilltean fo stiùir. Tha deagh cheanglaichean conaltraidh ann leis gu bheil an sgìre na pàirt de lìonra mara a' Chuain Siar a' sineadh bho na h-Eileanan a Tuath agus Gallaibh gu Innse Gall agus nas fhaide air falbh. Tha pàirt den togalach an-dràsta air a cleachdadh airson nithean deas-ghnàthach, ach ghabhadh e chleachdadh airson raon farsaing de rudan eile.



## A' togail Dùn Seanchas

*"Stèidhichte air obair luchd-togail cobhaireachd an latha an-diugh,  
dh'fhaodte gum biodh feum air timcheall air ceithir cheud latha luchd-  
obrach gus na clachan a chur a-steach gus dùin a thogail, agus chan  
eil seo a' gabhail a-steach togail nan clachan gu na h-ìrean àrda, no an  
obair cuaraidh no cruinneachaидh, còmhdaidh agus togail sgafallachd"*

Ian Armit, *Towers in the North*, 2003, 76.

Feumaidh gun robh feum air obair-ullachaидh susbainteach mus deach an togail. Chaidh clach agus fiodh a chruinneachadh, chaidh an talamh a chlioradh, agus chaидh eòlaichean iomchaidh a chur air dòigh. Feumaidh gun deach cuid de dhùin a thogail gu neo-eisimeileach, le daoine a bha a' leantainn fasan a bha ag iarraidh dùn a thogail a bha coltach ri dùin a chaidh a thogail ann am bàigh no glinn faiss air làimh, agus mar sin feumaidh gun robh luchd-togail dùn sònraichte ann ri fastadh cuideachd. Cò eile aig am biodh air na sgilean innleadaireachd structarail agus clachaireachd a bhiodh a dhìth gus na dùin neo-àbhaisteach air a' Ghalldachd, mar eisimpleir **Torwood** a thogail, no gus ionnsachadh bho "phròiseas deuchainn agus ionnsachadh, bho shoirbheachas, fàlligeadh agus leasachadh mean air mhean" (Romankiewicz, 2016, 20-21).

Ach cò às a thàinig an luchd-obrach gus dùn a thogail? Ann an dòigh-thogail traidiseanta nan sabhal ann an Ameireagaидh a Tuath, bidh na stuthan uile a tha a dhìth air an cheannach no air an toirt seachad leis an teaghlaich aig am bi an sabhal aon uair's gu bheil e deiseil. Ach, tha an sgioba-obrach a' tighinn bhon choimhearsnachd ionadail, le co-dhiù aon dhaoine le eòlas no sgilean sònraichte air an taghadh gus am pròiseact a stiùireadh. Bidh daoine nas sine a tha air pàirt a ghabhail ann an iomadh togail sabhal a' stiùireadh nan sgiobadhean aca, agus bidh daoine òga a tha a' gabhail pàirt airson a' chiad uair air togail sabhal fhaicinn roimhe agus mar sin tha fios aca air na thathar a' sùileachadh bhuapa. Is e dìreach eòlaichean sònraichte a tha ceadaichte a bhith a' déanamh nan obraichean as deatamaiche, leithid saorsainneachd agus ceangail nan sailean ri chèile. Aig a' mhòr-chuid de thogail shabhalan, tha a' choimhearsnachd air sabhalan a thogail roimhe agus tha eòlas aca mar-thà air an obair a tha a dhìth agus air a' cho-òrdanachadh a tha a dhìth. Tha e glè choltach gun deach taighean-cruinn fiodha bho Linn an Larainn agus taighean-cruinn a' Chuain Siar a thogail ann an dòigh gu math coltach ri chèile – agus, mar a chì sinn, tha an cladhach arc-eòlais, an obair-ghleidhidh agus am mìneachadh san latha an-diugh na oidhrip sgioba cuideachd.

Nuar a bha an dùn deiseil - an lèò air a chuir sìos, an doras crochta agus am mullach air a thogail – bhiodh e falamh, a' feitheamh ri bhith air a lionadh le seallaidhean is fuaim na beatha làitheil. Feumaidh gur e àm ann an tide sònraichte a bha seo – a thug faireachdann de riarachadh do na daoine a bha air crioch a chur air deagh obair, agus a thug toileachas mòr do dhaoine eile a bha a' déanamh fiughair ri gluasad a-steach. 'S e an t-àm seo a tha sinn a' feuchainn ri mìneachadh san aithris a leanas, còmhla ris na diofar eileamaidean structarail a tha an lùib dùin (agus cui'd a nach eil mairsinn ach a dh'fheumadh a bhith ann, leithid mullach agus cagailt).



## Na Bunaitean

Is e mo dhùn mo dhachaigh. Tha e air a' chosta, mu dhà latha air falbh air bàta le deagh ghaoth, a dh'ionnsaigh far a bheil grian a' gheamhraidh a' dol fodha. Tha e air a thogail air cnoc creagach ri taobh bàgh farsaing, le ionaltradh math mun cuairt air. 'S e clachair agus neach-togail dùin a th' annam<sup>1</sup>, mar a bha m' athair, agus a athair roimhe-san. Thog sinn ar dùn le bunaitean tiugh, agus leis na leacan cloiche a bha rim faighinn gu h-ionadail b' urrainn dhuinn na ballachan againn a thogail gu h-àrd, le ceann-caol. Ach nuair a bhios sinn a' siubhal gus nithean a thogail, bidh mi fhèin is na fir ag amsa a' cleachdadh stuthan sam bith a tha ri fhaighinn – clach-thogail mhath, spallaidean beaga agus fiodh tioram làidir, sin a h-uile rud a dh'fheumas sinn. 'S e Drust mo phreantas – balach mo bhràthar – agus tha e ag ionnsachadh gu luath. Tha mi moiteil às. Bidh e gam chuideachadh le bhith a' dealbhadh nam bunaitean cruinn tarsainn na fo-chreige, agus tha fios aige mar-thà mar a chumas e càrsa a' bhalla aige rèidh agus na spallaidean aige teann.

### Bun-stèidh nam ballachan

Bha luchd-togail nan dùn fior mhath air matamataig agus bha iad nan innleadairean air leth math. Tha e soilleir nan robh dùn gu bhith seasmhach, gum feumadh bunaitean a' bhalla aca a bhith cruinn; dh'fheumadh na trast-thomhasan a-staigh aca a bhith aig an aon ìre le àirde, ach dh'fheumadh an trast-thomhas a-muigh a bhith ag isleachadh le àirde. Tha na ballachan a-staigh dìreach, agus tha na ballachan a-muigh tiugh aig a' bhonn is a' cromadh a-staigh aig a' bhàrr. Tha suirbhidhean air iomadach dùn, mar eisimpleir aig **Caisteal Gruagaig, Allt Breac, Clach-tholl** agus **Dùn Teilbh**, uile a' sealltainn cho fior chearcallach 's a tha iad.

Thagh luchd-togail dùin àiteachan sònraichte gus dùin a thogail, agus cha b' e an rud as cudromaiche gum biodh an talamh còmhnaid. Tha na dùin aig **Clach-tholl** agus **Caisteal Gruagaig** le chèile air an togail air talamh neo-riaghailteach agus le leathad cas; tha an t-eadar-dhealachadh àirde eadar na

1. Chan eil fios againn dè am facial a bhiodh luchd-togail an dùin a' cur air na dùin aca – is dòcha gu bheil am facial 'broch' sa Bheurla bhon fhacal Seann Lochlannais 'borg' (a' ciallachadh dùn). Tha a' Ghàidhlig a' tighinn bhon chànan Cheileach a bhiodh luchd-togail an dùin a' cleachdadh, is mar sin is dòcha gur e **dùn, taigh no taigh mòr** no **fiù's dachaigh mhòr** na rudan as fhaisg air na h-ainmean a bh' aca fhèin air na dùin. Agus chan eil fios againn dè a chanadh luchd-togail an dùin ris na dùin aca, no an robh ainmean fiù 's air na dùin fa leth. Tha a' mhòr-chuid de dhùin air an aithneachadh bho ainmean-àite faisg air làimh, bho thùsan eachdraidheil nas üire no bhon bheul-aithris.



URGUST

puingean as àirde agus as ìle anns na cùrsaichean ìosal aca eadar timcheall air 3 m agus 4 m. Ach, sheall sgrùdadh leusair gun robh aghaidhean nam ballachan a-staigh seo cruinn a-rithist aig agus os cionn na h-ìre san do thoisich làn chearcall de chlachaireachd an dùin. Tha seo a' sealltann comas luchd-togail nan dùn ballachan cruinn a thogail a dh'aindeoin suidheachadh dùbhlach air an talamh agus leathaidean. Mar sin dh'fheumadh a h-uile tùr dùn a bhith cruinn a rèir plana. Is e seo aon de na feartan riatanach aig tùir dùn. Bha deagh chombaist agus maide tomhais daonnan aig neach-togail dùin!

## Cùrsaichean balla

*"Is cinnteach gum b' e a' chosgais a bu mhotha ann an togail dùn a bhith a' cladhach agus a' giùlan na cloiche airson na h-obair togail dhan làraich"*

John Barber, Graeme Cavers agus Matt Ritchie, *The Survey and Analysis of Brochs*, 2015, 155.

Chleachd luchd-togail an dùin clach ionadail bho chuairidhean faisg air an làraich. Tha seo a' ciallachadh gun deach dùin a thogail de chloich eadar-dhealaichte ann an diofar sgìrean, a rèir geòlas na sgìre. Ann an cuid de dh'aiteachan, leithid nan Eileanan an lar, tha an gneiss gu math làidir, ach brisidh e gu nàdarra do bhlocaichean garbh, nas ceàrnaich – coltach ris a' bhasalt san Eilean Sgitheanach. Ann an ceàrnaidhean eile, leithid Gallaibh, tha a' chlach-leac a' sgoltadh gu furasta na leagan còmhnard ach tha i nas buige agus bidh i a' giùlan nas lugha de luchd (no cuideam). Bhiodh na diofar sheòrsaichean cloiche seo air diofar dhùbhlain a thoirt do luchd-togail dùin eadar-dhealaichte.

Ach ge b' e dè an seòrsa cloiche a bh' ann, dh'fheumadh luchd-togail dùin a bhith cunbalach leis an *innleadaireachd structarail* aca. Dh'fheumadh clachaireachd shàr-mhath a bhith aig na ballachan le cùrsaichean còmhnard agus spallaidean teann (clachan beaga ris an canar spallaidean a bha air an cleachdadh gus beàrnan a lìonadh eadar na clachan togail nas moth). Bha e ro-chudromach gum biodh na clachan mòra nas fhaisge air an talamh agus gum biodh na clachan as moth a ri taobh na slighe a-steach, gu sònraichte air a' bhalla a-muigh. Bidh fosgladh na slighe a-steach a' briseadh a' chearcail agus mar sin feumar na luchdan bho na ballachan gu h-àrd a sgaoileadh agus ath-stiùireadh – cuiidichidh na clachan as moth a le seo. Chaith na clachan a bu mhotha a chur aig a' bhonn, agus bha iad nam bunait làidir às an gabhadh an dùn a thogail.

[Dùn nan Gall ann am Muile.](#) ►

© Ed Martin





## Na Ballachan Dùbailte

'S e seo dìreach an dàrna dùn anns an robh mi an sàs. Tha Maighstir Urgust ag ràdh gum bi e doirbh a thogail. Tha an talamh a chaidh a thaghadh air leathad agus neo-chòmhnràd, ach tha e faisg air fior-uisge agus tha seallaidhean math ann thairis air an linne. Tha sinn a' togail mean air mhean, a' cleachdadh nan clachan as mothà gus na bunaitean a chomharrachadh agus tha sinn a' lìonadh bheàrn le sprùilleach air a phasgadh gu tiugh. A dh'aithghearr bidh sinn a' tòiseachadh air na ballachan a-staigh agus a-muigh a thogail, gam fighe còmhla le leacan croise fhad's a bhios iad ag èirigh. Cleachdaidh sinn sgafallachd fiodha agus rampaichean, ròpannan agus basgaidean airson clachan a ghuasad. 'S e a bhith a' lorg deagh chlachan còmhnràd airson sgeilpean cloiche an obair as fheàrr leam – sin agus an uair sin a bhith gan ceangal gu teann ris a' bhalla gus an cum iad taic ris na crainn làr fiodha. Tha muinntir an àite air fàilte chridheil a chur oirnn, le tòrr deagh leann is biadh, agus tha iad air a bhith a' cuideachadh leis an obair togail trom. Tha e còrdadh gu mòr ris a' chloinn a bhith gam chuideachadh gus spallaidean a lorg.

### Ballachan dùbailte agus gailearaidhean

Ged a tha e coltach bhon taobh a-muigh gur e dìreach aon bhalla mòr a th' aig dùn, tha dà bhalla glè thiugh annta, air an ceangal ri chèile tro dhiofar dhòighean *innleadaireachd structarail* a' gabhail a-steach àrdan-doras agus coirbealachd. Bhiodh na gailearaidhean, an t-ainm a thugadh air a' bheàrn eadar na ballachan aig diofar ìrean làr, air na ballachan a dhèanamh nas aotruime, a' ciallachadh gun gabhadh an togail nas àirde le nas lugha de chuideam (no luchd) a' bruthadh sios air na ballachan ìosal agus air bunaitean an tùir, agus gun robh nas lugha de chlachan eadar aghaidhean nam balla a' putadh a-mach. Tha seòmrachean beaga de dhiofar chumaidhean agus mheudan air am falach am broinn nam ballachan cloiche, mar as trice aig ìre a' bhun-làir anns a' phàirt as fharsainge agus as tiugh de na ballachan.

◀ "Tha e soilleir gu bheil an t-àite taobh a-staigh a' ghailearaidh eadar-bhailteil [agus e ag èirigh] a' fàs ro chuingealaichte gus staidhre a bhith ann," a rèir an arc-eòlaiche Dennis Harding "agus mar sin, feumaidh sinn gabhail ris gum biodh cothrom air a' bharra-bhalla agus air a' mhullach le staidhrichean fiodha no àraidean air an taobh a-staigh" (2009, 94). Chithear mar a tha a' bheàrn a' caolachadh eadar na ballachan a-muigh agus a-staigh ann an *Dùn Trodan, structar daingnicthe ann an Gleann Eilg*.

© Matt Ritchie



DRUST

Tha feartan intramural<sup>2</sup> air a' bhun-làr a' ghabhail a-steach **ceallan** coirbealta (leugh barrachd mun deidhinn nas fhaide air adhart) agus corra uair tha gailearaidhean nas fhaide ann, ged a tha iad seo tearc). Tha e coltas gun robh na ballachan dùbailte ceangailte aig a' mhullach gus aon cheann bhalla a chruthachadh.

### Sgeilpean cloiche

Taobh a-staigh dùin a tha air an deagh ghleidheadh tha leacan cloiche a tha a' sìneadh a-mach bho na ballachan a-staigh agus mar as trice tha iad aig an aon ìre ris na h-àrd-dorsan inntrigidh as fhaide a-staigh os cionn fosglaidhean a' bhun-ùrlair. Tha an nì *innleadaireachd structarail* seo a' cruthachadh sgeilp cloiche<sup>3</sup> a tha mar as trice air a mhìneachadh mar thaic airson làr fiodha. Ach, tha cuid de dhaoine a' smaoineachadh gur dòcha gun deach structar fiodha a-staigh a thogail an àite sin, a' cruthachadh lìonra de mezzanines ioma-làr agus a' lìonadh taobh a-staigh an dùin. Tha cuid eile a' cumail a-mach gur dòcha gun do chuir dìth chraobhan nan Eilean a Tuath agus an lar bacadh air a' chothrom gus crainn fiodha fada làidir a chleachdadh airson structaran a-staigh agus àirneis ann an tùir dùin. Ann an obair a rinneadh ann an **Clach-tholl** o chionn ghoirid, lorgadh beagan fiodh calltann Loisgte air an leac cloiche, a' sealltainn gur dòcha gun robh pannalan clèith air an cleachdad mar chòmhach làir aig an àm mu dheireadh nuair a bha daoine a' fuireach ann<sup>4</sup>.



An sgeilp cloiche ann an **Caisteal Gruagaig**. © Lynn Fraser

2. A' ciallachadh 'taobh a-staigh nam ballachan'.

3. Teirm geòlais airson pìos cloiche a tha a' stopadh a-mach no airson sgeilp cloiche.

4. Dhèanadh aon phannal clèith làidir, no dhà no trì ìrean de phannalan clèith nas aotroime, làr a bhiodh comasach air cuideaman taighe àbhaisteach a ghiùlan, daoine nam measg. Bha pannalan clèith mar seo, a rèir cholais air an cleachdad leotha fhèin, airson nan rampaichean inntrigidh agus nan làr airson sgafallachd ann am priomh phròiseactan togail meadhan-aoiseil leithid caistealan agus àrd-eaglaisean.





## An Doras Mòr

Bidh an dùn deiseil a dh'aithghearr. Tha an clachair Urgust ag ràdh gu bheil na clachan againn duilich agus mì-thlachdmhor, ach gun gabh iad fighe ri chèile ceart gu leòr. Tha e a' cleachdadadh nam blocaichean as mothach gus bun-stèidh a chur sìos agus airson a bhith mar thaobh na trannsa a-steach agus tha e mar-thà air a' chlach àrd-dorais trì-thaobhach sònraichte againn a chur gu aon taobh, deiseil airson a thogail gus an àite aice os cionn an dorais againn. Tha mi a' dol a dh'fhaicinn Creag an-diugh mun doras. Is esan an neach-fiodha againn, agus tha e mar dhleastanas air am fiodh as fheàrr a lorg gus na cruinn air an lèr agus air a' mhullach a dhèanamh. Tha mi airson 's gum bi an doras againn làidir, le deagh dharach is tarragan iarainn. Feumaidh an doras againn a bhith fàilteachail do dh'aoighean nuair a bhios e fosgailte, ach luath gus dùnadadh, agus làidir gu leòr gus ionnsaigh bhon tuagh aig nàmhaid sam bith a sheasamh. Tha Urgust mar-thà air ursainnean tiugh a thogail, agus tha e air tuill-crainn airson a' chrainn fiodha a chur a-steach do bhallaich an trannsa mu a choinneamh.

### Trannsa a-steach

Tha slighean a-steach fhathast aig faisg air ceud dùn a tha air co-dhiù aon cuid de na feartan tùsail aca a chumail<sup>5</sup>. A bharrachd air a bhith a' leigeil dhaoine a-steach dhan dùn, tha slighean a-steach a' toirt dhuinn sealladh iongantach air comas *innleadaireachd structarail* sgoinneil luchd-togail an dùin. B' e an trannsa a-steach an aon phosgladh ann an aghaidh a' bhalla a-muigh, agus bha seo na àite lag san structar. Bhathar a' cleachdadadh àrd-dorsan mòra gus an cuideam a ghiùlan agus gus cuideam a' bhalla àrd cloiche os a chionn a tharraing air falbh. Air cuid de làraichean, mar eisimpleir, **Clach-tholl**, cleachd an luchd-togail iomadh àrd-doras aig ceann a-muigh an trannsa a-steach, a chaidh a dhealbhadh gu sònraichte gus cuideam mòr a' bhalla a-muigh a ghiùlan thairis air beàrn na trannsa. Bha ceithir àrd-dorsan mòra ann: bha an tè a b' fhaide a-muigh triantanach agus bha an còrr de na h-àrd-dorsan eile còmhnhard, nas taine, agus air an oir.



UVNUVIST

5. Tha dà dhoras a-steach aig beagan dhùin agus tha fiù 's trì aig cuid. Ach, tha e cinnteach, aig gach tè de na làraichean sin, gun deach a h-uile slighe a-steach ach aon a chur ris nas fhaide air adhart nuair a thill daoine dhan dùn às dèidh dha tuiteam gu tur no ann am pàirt, gus taighean ùra a thogail am measg an tobhta agus an sprüllich. Cha robh ach aon slighe a-steach aig na túir dùn tùsail.

## Ursainn agus tuill-crainn

Mar as trice, tha grunn nithean san trannsa inntrigidh a dh'aithnicheamaid an-diugh, a' gabhail a-steach ursainnean agus tuill-crainn, far am biodh an crann a tha a' glasadh an dorais a' dol, gus a' ghaoth a chumail a-mach agus taobh a-staigh an dùin a chumail tèarainte. 'S ann tric a lorgar clachan-socaid ris an canar uaireigin clach-maighdeige nuair a thathar a' cladhach dùn. Anns an t-socaid eu-domhainn bha bonn òir dùnaidh an dorais, ag obair mar lùdag agus maighdeag.

Lorgar iad uaireannan *in situ* ri taobh ursainn.

Ged nach eil dorsan air mairsinn, tha e glè choltach gur e dorsan fiodha a bh' aig dùin: bhiodh leac cloiche ro throm airson fosgladh is dùnadh gu sgiobalta.




Toll-cruinn ann an Dùn Ringill.

© Matt Ritchie



CREAG





## An Seòmar-suidhe

Nì sinn dachaigh san dùn seo. Bidh cagailt blàth sa mheadhan, air a togail air còmhdaich de chlachan agus crèadha, le mòine a' losgadh agus a' toirt dhuinn solas san fheasgar. Bidh loidhne de lampaichean cloiche air na ballachan. Cumaidh sinn na stòran againn sgiobalta, le biadh glèidhete ann am poitean is grànn ann am pocannan, uile air an càrnadh gu sàbhailte is tioram. Bidh feòil is iasg air an crochadh gu h-àrd anns an smùid anns na sparran agus bidh ìm is càise fionnar san t-seilear shìos. Lìonaidh sinn an dùn le àirneis, seann is ùr. Tha an dà chathair fhoirmeil againn air tighinn thugainn bho theaghlaich Unuist agus chaidh an snaidheadh bho chionn iomadh bliadhna. Thàinig a' chiste as fheàrr leam còmhla rium bho dhachaigh mo theaghlaich thar a' chuain. Ach tha leapannan na cloinne ùr, air an togail dhomhsa le Creag airson a bhith a' comharrachadh gluasad a-steach dhan dachaigh ùir againn. Bidh bùird is beingean againn, bobhlaichean is mugaichean, bratan-ùrlair is bièin – agus nì mi cinnteach àite a chumail airson seann bheart mo mhàthar. Tha a h-uile càil a dh'fheumas sinn airson snàth a shniomh, aodach fhighe agus ar n-aodach uile a dhèanamh.

### Beàrnan stacte

Tha fior dheagh eisimpleirean eile de *innleadaireachd structarail* taobh a-staigh an dùin. Os cionn nan àrd-dorsan a-steach do dh'fheartan eadar na ballachan leithid ceallan, gailearaidhean, an staidhre agus an transa a-steach fhèin, tha beàrnan sa bhalla a-staigh. Uaireannan, 's e beàrnan beaga a th' annnta seo le leac cloiche no dhà a' dol thairis orra gus am balla a-staigh a cheangal ri chèile, gu tric le cumadh triantanach, ach aig làraichean eile bidh iad ag èirigh suas bho na h-àrd-dorsan shuas taobh a-staigh nam ballachan, leis na clachan ceangail a' coimhead gu math coltach ri àradh cloiche. Mar as àirde a tha an dùn a' fàs, 's ann nas lugh a tha na beàrnan seo a' fàs. Canar beàrnan stacte ris na beàrnan sin uaireannan, mar thoradh air a' bheachd gu bheil na beàrnan eadar clachan-ceangail stacte air a chèile. Tha cuid den bheachd gur ann airson solas a leigeil a-steach do na gailearaidhean a bha na beàrnan stacte seo. Tha cuid eile den bheachd gur ann airson a bhith a' leigeil ceò a-mach às a' chagailt a bha iad no gun robh iad ann airson fionnarachadh, a' cumail an dùn a-staigh tioram agus saor bho thaiseachd.

Is dòcha gun deach an cleachdad air na h-adhbharan sin, ach is e am prìomh adhbhar air an son fuasgladh innleadaireachd snasail eile a chleachd luchd-togail an dùin airson cuideam agus mar sin forsairchean teannachaидh sìos a lùghdachadh aig na h-àiteachan le structar lag os cionn agus taobh a-staigh nan àrd-doras os



EITHNE

cionn fosglaidhean. Às aonais nam beàrnan stacte, bhiodh am balla a-staigh – agus an uair sin an dùn gu lèir – air tuiteam fo a chuideam fhèin. Tha na beàrnan sin os cionn àrd-doras inntrigidh aig cuid de *structairean glèidhte*, leithid **Dùn Chàrlabhaigh**, air an lionadh le clachan nas lugha, oir bhathar an dùil aig an àm gun robh clachan air tuiteam a-mach às na ballachan an sin. Tha cuideam nan clachan ùra sin air na h-àrd-dorsan a sgàlineadh, agus tha mòran a-nis feumach air taicean stàilinn gus an structar a chumail sàbhailte.

### Mullach

Chan eil fianais air fhàgail aig dùn sam bith air mar a bha am mullach aige, agus chan eil gràbhalaidean bho Linn an larainn no dealbhan eile de mhullaichean dùn againn nas mothà. Chan eil fiù 's an fheadhainn as fheàrr glèidhte, leithid **Mousa**, a' toirt freagairt cinnteach dhuinn, ach tha cuid a' toirt dhuinn beagan bheachdan. Tha na dùin a tha ann an deagh staid ann an **Dùn Chàrlabhaigh**, **Dùn Trodan** agus **Dùn Teilbh** a' sealltainn nach robh dòigh ann coiseachd mun cuairt air mullach nam ballachan aig dùn àbhaisteach – cha ghabh seo a dhèanamh ach a-mhàin ann am Mousa. Tha structar balla mòr aig Mousa a tha eadar-dhealaichte bhon a h-uile dùn eile. Tha dàrna iùre de sgeilpean cloich ann an cuid de dùin. Dh'haodadh gun robh iad seo nam bunaitean no taic dhan mhullach. Tha fianais ann an dà dhùn gun robh cearcall de phuist fiodha mòra ann bho na tha air fhàgail de thuill puist taobh a-staigh an dùin. Tha e coltach mar sin gun robh frèam a-staigh no structar cnàimhneach a tha coltach ris na cearcallan puist a chunnacas anns na taighean-cruinn fiodha a chaidh a mhìneachadh na bu thràithe. San fharsaingeachd, thathar a' creidsinn gun robh am mullach gu math coltach ris an fheadhainn air taighean-dubha, le frèam fiodha còmhdaichte le tughadh no sgrathan, agus a' còmhdaich an àite a-staigh gu lèir. Bha mìneachaidhean na bu tràithe air na cearcallan de thuill puist den bheachd gun robh an dùn fosgalite do na h-eileamaidean le sleath de thogalaichean fiodha an taca ris a' bhalla a-staigh. Chaidh mar a bha cagailt ann am mean a' bhun-ùrlar a chleachdadh gus taic a chumail dhan teòiridh seo. Ach, tha na cagailtean air a bheil sinn eòlach taobh a-staigh dùn gu tric nas àirde na far an robh iad bho thùs – agus bhiodh a' chagailt air lasadh suas mar stòbha gach turas a chaidh an doras fhosgladh, agus mar sin, bhiodh cunnart ann gum biodh sradagan a' cur an àrd-structair fiodha na smàl nan robh os-structar mar sin ann. Bhiodh mullach tughaidh air an togalach gu lèir a' cumail a' ghaoth agus an uisce a-mach, agus bhiodh ceò fhathast a' sruthadh tron mhullach. Tha mac-samhailean de thaighean-cruinn fiodha air sealltainn cho èifeachdach 's a dh' fhaodas seo a bhith, chan ann a-mhàin a' cuideachadh le bhith a' glèidheadh fiodh a' mhullaich, ach cuideachd le bhith a' smocadh stuthan bidh crochta bho na sparran.



## A' Chagait

'S e an dùn an dachaigh mu dheireadh a bhios agam. Bha e na fhaochadh dhuinn gun deach an dùn a chriochnachadh agus gum b' urrainn dhuinn gluasad a steach mu dheireadh thall. Ghiùlain sinn na h-èibhleagan bhon t-seann chagailt againn gus an teine ùir a lasadh, agus thug sinn seachad taing airson ar deagh fhortan. Ach chan e dìreach mo dhachaigh-sa a bhios an dùn seo – bidh e na dhachaigh do mo chàirdean fad iomadach bliadhna ri teachd. Fhad's a bhios mi a' gabhail fois ri taobh an teine, cleachdaidh mi an ùine a tha air fhàgail dhomh gus mo sgeulachdan innse dhan chloinn – sgeulachdan mu na diathan agus seann uirsgeulan. Sgeulachdan mu ghniomhan gaisgeil, mu bhlàran mòra agus mu àiteachean thall thairis fada air falbh, ach cuideachd sgeulachdan mu eachdraidh an cairdean fhèin, airson 's gun innis iad iad dhan chloinn aca fhèin. Bidh mi cuideachd a' cumail sùil air Coblaith an t-aislingiche òg. Tha i laghach gu leòr ach tha a ceann an-còmhnaidh anns na speuran. Mura robh mi ga cuideachadh le bhith a' còcaireachd, bhiodh an stiubha gun spìosrachadh agus bhiodh na *bonnach* daonna air an losgadh!

### A' Chagait

Is e raointean ceàrnagach no ceart-cheàrnach a th' ann an cagailtean a tha mar as trice air an comharrachadh le oir cloiche, mar as trice le clachan ìosal, agus gu tric le bunait crèadha air a chruaidheachadh leis an teine. Tha e coltach gun do chleachd a' mhòr-chuid de na cagailtean a tha air fhàgail bho Linn an larainn ann an ceann a tuath agus taobh an iar na h-Alba mòine mar chonnadh, agus tha traídiseanan bho chionn ghoirid ann an taighean-dubha a' sealltainn gum feumadh iad an teine a chumail a' dol fad an t-siubhail. Bha e na obair chudromach dìreach a bhith a' cumail suas an teine, agus tha fiù 's seòrsa sònraichte de mhòine tais ann (ris an canar *mòine tasgaidh*) a ghabhas cur ris an teine gus na èibhleagan a chumail a' lasadh tron oidhche. Bha a' chagailt aig cridhe an t-seòmair, agus i na h-àite airson còcaireachd, cumail blàth agus airson sgeulachdan innse. Is urrainn dhuinn smaoineachadh air teaghlaichean agus coimhearsnachdan a' cruinneachadh mun cuairt airson gniomhan leithid obair-snàthaid no càradh-lìn a dhèanamh, agus iad daonna a' cabadaich mu na rudan a tha cudromach dhuinn fhathast: dè thachair an-dè, dè a dh'fheumar a dhèanamh an-diugh agus ma tha naidheachd inntinneach aig duine! Gabhaidh còcaireachd a dhèanamh ann an grunn diofar dhòighean air a' chagailt cuideachd: a' dèanamh stiubha ann an coirean builgeach, a' ròstadh pìosan feòla air bior crochte os cionn an teine, a' còcaireachd ann am poitean air an taobh, a' dèanamh bonnach arain air clachan teth, no a' bruaich feòil is iasg ùr ann an luathre theth a' cleachdadh feamainn no crèadh.



I LEI

◀ Anns an t-sealladh cagailt againn tha mac-samhail de chù-cagailt iongantach Capel Garmon, standd iarainn Ceilteach le dà cheann ainmhidh adharach a chaidh a lorg sa Chuimhrig ann an 1852.

© Alex Leonard



## An Staidhre

Tha an dùn againn làn àiteachan falaich diomhair! Bidh sinn a' cleachdadadh na staidhre lùbte gus ruith fad na slighe bhon t-seilear gu h-ìosal gu cruinn a' mhullaich gu h-àrd, a' direadh agus a' falach nuaир nach eil duine a' coimhead, agus a' greimeachadh air racaichean smocaidh<sup>6</sup> a tha Coblaith a' cumail crochte anns na sparran. Tha Nana ag ràdh gu bheil na staidhrichean cloiche againn ag èirigh taobh na grèine agus i a' direadh gu h-àrd ann an speur an t-samhraidh. Bha an t-seann dachaigh againn na thaigh-cruinn cuideachd, ach bha e tòrr na bu lugha. Bidh a' ghaoth a' tighinn a-staigh dhan staidhre beagan, ach bidh am balla a-staigh a' cumail teas an teine a-steach agus an taiseachd a-mach. Tha cuid de na beàrnan eadar na ballachan aig a' mhullach cho cumhang 's nach urrainn dhuinn ach sinn fhèin faighinn a-steach, agus tha Nana an-còmhnaidh a' gabhail dragh gum fàs sinn stuicte ann. Tha i ag ràdh gun dèanamaid nar spioradan gu math fuaimneach!

## An Staidhre

Taobh a-staigh a' bhalla dhùbailte bha staidhre, a bha a' dol timcheall an tùir gu deiseil. Tha cuid air mothachadh gu bheil seo coltach ri gluasad na grèine bho chlì gu deas tron latha. Tha an t-slige a-steach do bhonn na staidhre cuideachd uaireannan na inntrigeadh do chill bheag a tha mar as trice air an làimh chlì agus tha an staidhre ag èirigh chun na làimh deis. Tha a' mhòr-chuid den bheachd gur e helix gun bhriseadh a bha san staidhre a' ruith bho ire na talmhainn gu mullach an togalaich ach chan eil dùn sam bith a tha air fhàgail a' sealltainn seo. Tha staidhrichean fa leth aig a' mhòr-chuid de dhùin a tha ag èirigh gu deiseal bhon bhun-ùrlar chun chiad làir, agus an uair sin bhon chiad làr chun an dàrna làr, le àrd-ùrlar eatorra. Tha an staidhre aig **Mousa**, fear de na dùin as drùidhthic, ag èirigh gu deiseil bho mu 2.1 m os cionn ire na talmhainn mar a tha i an-dràsta, agus tha staidhre aig grunn dùin eile a tha a' tòiseachadh aig àirde air choireigin os cionn ire na talmhainn: is dòcha gun robh ùrlar àrdaichte fodhpà. A bharrachd air Mousa, chan eil staidhre ann an dùn sam bith eile a tha a' dol nas fhaide suas na dàrna làr, agus ann an iomadh dùn eile tha e coltach gu bheil caolachadh a' bheàirn eadar na ballachan a-muigh agus a-staigh a' fàgail nach biodh e comasach an staidhre a thogail nas àirde chun nan gailearaidhean as àirde, agus gu cinnteach gu ceann a' bhalla – bha na beàrnan ro bheag airson a' mhòr-chuid de dhaoine!



MAEL agus TALORC

6. Is dòcha gur e cudainn a bh' ann, air a ghlaicadh le lion agus ribe èisg ann an uisgeachan eu-domhainn a' chladaich. An-diugh, 's e adag air a smocadh gu teth a th' ann an 'smocaidh Obar Bhrothaig', agus 's e sgadan air a smocadh gu fuar a th' ann an ciopair.



## Na Seòmraichean Stòrais

'S e an dùn mo dhachaigh-sa cuideachd. Bidh mi a' frithealadh mo bhana-mhaighstir Eithne, a' cumail sùil air a' ghàrradh, a' glèidheadh biadh, ag ullachadh a' bhidhe agus a' nighe nan soithichean. Bidh mi a' coimhead às dèidh na cloinne agus a' cumail sùil air seann llei agus na cearcan aice.<sup>7</sup> Nì mi deagh chaise is ìm a' cleachdadh bainne bho na caoraich is bà as fheàrr aig Ligach agus tha a h-uile duine ag ràdh gu bheil an t-aran a nì mi a cheart cho math ri aran mo mhàthar. Tha mi den bheachd gu bheil e nas fheàrr a chionn 's gum bi mi a' bleith a' ghràin nas fhaide! Bidh mi a' sguabadh an làir, a' cumail nan lampaichean agus an teine air a lasadh, na poitean glan agus seulaichte, agus na seòmraichean-stòrais sgìobalta.<sup>8</sup> Tha mi daonnan trang! Bidh mi cuideachd a' cumail sùil air na spòltan feòla is èisg a tha crochte gus tiormachadh anns na sparran – tha fios agam gu bheil luchagan againn, ach chan ith luchagan biadh smocte, an ith?

### Ceallan

Uaireannan tha suas ri còig slighean a-steach ann am ballachan taobh a-staigh an dùin aig bun-ìre a tha a' dol a-steach gu ceallan beaga eadar na ballachan. Gheibhear a-steach dhan staidhre tro shlighe a-steach eile. Tha seo mar as trice air an làimh chlì nuair a thèid thu a-steach dhan dùin; chan eil ach beagan dùin aig nach eil slighe a-steach staidhre ann an taobh chlì an dùin. Mar as trice bidh mullach de choirbealachd agus àrdan-doras cloiche aig na ceallan (is urrainn dhaibh a bhith mar làr aig gailearaidh àrd cuideachd). Is e modh *innleadaireachd structarail* iom-phillte a th' ann an coirbealachd, far am bi clachan air an cur air muin a chèile, mean air mhean a' gluasad a-steach, gus cumadh boghach a chruthachadh. Tha tòrr cuideam a dhùth airson seo, a tha air a sholarachadh leis na clachan anns a' chòrr den bhalla air cùlaibh nan clachan a tha a' stopadh a-mach gus an cumail bho bhith a' tuiteam a-staigh, agus tha an aon bhuaidh taiceil air a chruthachadh le gach clach a' putadh an aghaidh a nàbaidh. Ann an cuid de dhùin, leithid **Dùn Beag** agus **Dùn Mòr Bhalla**, tha eisimpleirean mìorbhaileach de cheallan làn-choirbealta, ach chan eil a' chuid as mothaidh na ceallan eadar na ballachan a cheart cho grinn. Is dòcha gun deach na ceallan seo taobh a-staigh nam ballachan a chleachdadh airson bathar a stòradh agus 's dòcha gus fasgadh a thoirt do bheathaichean òga aig amannan sònraichte den bhliadhna.

7. Chaidh cearcan a thoirt a-steach a Bhreatann rè Linn an larainn agus cha b' fhada gus an robh iad cumanta ann an dachraighean.

8. Bha crèadhadaireachd bho Linn an larainn a' gabhail a-steach raon farsaing de chumaidhean is mheudan (agus seòrsachean sgeadachaidh), a' toirt dhuinn sealladh air cultaran agus traidiseanan roinneil, agus air an iomadachd a bhiodh ann, tha sinn a' creidsinn, ann an stuthan eile nach robh cho maireannach, leithid fiadh, leathar, basgaidean agus aodaich. Bhiodh na seòmraichean-stòr aig Coblaith loma-làn poitean, basgaidean, pocannan is bogsaischean, uile le diofar chruthan agus phàtranan!



COBLAITH

◀ Tha **Torwood** faisg air an Eaglais Bhric air aon de na beagan dùin neo-àbhaisteach a th' air a' **Ghalldachd**.

© Ed Martin



## Seòmar freiceadain

'S e an dùn seo mo dhachaigh, aig an àm seo co-dhiù. Bidh an dùn agam fhìn nas àirde *buileach*. Chì thu e cho luath 's a thig thu a-steach dhan ghleann. Togaidh mi e air oir barraid, ri taobh na linne domhain far am bi mi a' snàmh le Coblaith agus faisg air a' choille far am bi sinn a' gearradh ar cuid fiodha agus far am bi mi a' sealg le Maragdhu. Bidh an dùn agam na dhachaigh dhuinn – latha de na làithean. Ach aig an àm seo tha mi toilichte a bhith nam shearbhant aig Unuist. Is mise an neach-dion aige dìreach mar a bha e na neach-dòn aig m' athar. Tha mi a' cuideachadh le bhith a' cumail na sìthe nar sgìre, a' cruinneachadh chìsean<sup>9</sup> bho na tuathanasan nas lugha agus a' trèanadh nan con seilge. Feumar a ràdh gum bu chòir dhomh cadal le mo chù anns an t-seòmar-faire ri taobh an dorais – ach mar as trice bidh sinn a' tuiteam nar cadal air beulaibh an teine! Nuair a tha an doras dùinte agus crainnte, tha an teaghach agus na stòran againn uile sàbhailte agus tèarainte a-staigh.

## Seòmar freiceadain

'S e seòmraichean freiceadain a chanar ris na ceallan beaga eadar na ballachan a dh'inntrigear bhon trannsa a-steach dhan dùn. Bha diofar mheudan agus chumaidhean aig seòmraichean freiceadain aig diofar dhùin. Tha a' mhòr-chuid de sheòmraichean freiceadain corbailte gu ìre gus a' bheàrn a lùghdachadh a dh'fheumas a bhith air a spangachadh le àrd-dorsan. Bha fosglaidhean a bharrachd ann an cui de sheòmraichean freiceadain, leithid ann an **Clach-tholl** agus **Ousdal**, a bha a' dol a-staigh gu taobh a-staigh an dùin, ach bha glè bheag dhiubh sin ann. Tha seòmar freiceadain air gach taobh den t-slighe a-steach aig beag-chuid de na dùin, agus chan eil seòmar freiceadain aig cuid de na dùin idir. Chan eil fios againn fhathast cò dha a chaith an cleachdad, ach mar bu trice bha slighean a-steach glè iosal agus cumhang aca. Bha seo gus nach rachadh àite lag structarail a chruthachadh anns an trannsa a-steach. Tha an suidheachadh a thaobh seòmraichean freiceadain gu math caochlaideach agus tha e coltach nach robh iad cho cumanta sna h-Eileanan a Tuath 's a bha iad sna h-Eileanan Siar.

9. Tha e glè choltach gum biodh e mar dhleastanas air na tuathanasan beaga timcheall an dùn cuibhreann den toradh aca a thoirt seachad, is dòcha ann an gràin, feòil no bainne. "Fiù's anns an fhearrainn tuathanachais sin," sgriobh Ian Armit, "bhiodh lusan fiadhaich, dearcan, cnothan, siol, measan, luibhean agus fungasan air an cruinneachadh airson biadh, deoch, seusanachadh agus cungaidhean-leigheis" (2016, 83).

◀ Tè de na beàrnan statce ann an **Dùn Teilbh**, structar glèidhde ann an Gleann Eilg.

© Matt Ritchie



CINAED



## An Seilear

Is e an dùn ar dùn cuideachd, cridhe ar talmhainn. Tha mo theaghach air a bhith a' fuireach an seo fad ghinealaichean. Bidh sinn a' coimhead às dèidh crodh, caoraich is gobhairean, agus bidh cuid eile a' toirt fàs air bàrr anns na h-achaidhean agus a' coimhead às dèidh nam mucan. Chuidich sinn uile gus an dùn a thogail, ag obair nuair a bha feum aig a' chlachair oirnn. Bidh sinn a' geamhrachadh a' chuid as fheàrr den stoc briodachaidh againn ann am faing anns an t-seilear gu h-iosal, agus a' cumail an t-sil againn sàbhailte agus tèarainte anns na seòmraichean-stòraidh gu h-àrd.<sup>10</sup> Bidh sinn a' bùidsearachd na feòla agus bidh mi a' cuideachadh Coblaith gus na gearraighean as fheàrr ullachadh airson sailleadh.

### Ìre na talmhainn

Is e glè bheag de dhùin aig a bheil bun-ìrean a-staigh a tha fhathast mar a bha iad nuair a chaidh an togail an tòiseach. Seo air sgàth 's gun deach dùin ath-chleachdadh fad linntean, fiù's às dèidh dhaibh tuiteam. Ged nach eil mòran fianais ann, tha arc-eòlaichean den bheachd gum biodh sreach de dh'fheartan cudromach anns a' bhun-ùrlar, leithid tobraichean agus tancaichean-uisge. Tha iad seo a' dol bho thuill bheaga gu staidhrichean mòra a' dol gu seòmraichean fo-thalamh a tha coltach ri sisteal. Ged a tha e doirbh innse tro fhianais a chaidh a chladhach gu ruige seo, chan eil adhbhar ann a bhith a' smaoineachadh nach buin iad sin dhan àm nuair a bha luchd-togail an dùin a' fuireach anns na tùir an toiseach. Tha mòran dhaoine a' creidsinn gur e tobraichean a bh' anna seo a bhiodh a ghìcadh no a cumail uisge, ach tha mòran ann nach eil a' cumail uisge san latha an-diugh agus chan eil e coltach gun do chùm iad uisge riamh; feumaidh gun robh an aon rud fior mu 'thobraichean' anns na dùin air mullach cnocan creagach. Is dòcha gun robh diofar adhbharan aig na "tobraichean" seo, agus gun robh iad air an cleachdadh airson stòradh no fiù's gun robh iad co-cheangailte ri deas-ghnàthan a chaidh a dhìochuimhneachadh bho chionn fhada. Tha na feartan sin, agus an uachdar neo-chòmhnrud aig mòran bun-ùrlaran taobh a-staigh dùin, a' sealltainn gun robh iad nas coltaiche ri seilearan no stàballan na àitean-fuirich.

10. Bha e fior chudromach do dhaoine ann an Linn an larainn a bhith a' stòradh gràن gu math, agus chaidh stòran gràin a lorg air làraichean tuineachaidh air feadh Bhreatann.

◀ Suidhichte taobh a-staigh dà bhalla-ùir diona, tha dùn **Dalsetter** ann an Sealtainn a' gabhail a-steach an dà chuid crionadh ailtireil agus comas arc-eòlaic mòr taobh a-staigh nan sreachan tiadhlaichte aige.

© Hamish Fenton



LIGACH



## Dùn-eòlas

*ology*

ainmear

NEO-FHOIRMEIL/EIBHINN

1. cuspair acadaimigeach; meur de dh'eòlas

Tha an leabhran seo ag amas air tidsearan a chuideachadh le bhith a' cleachdadòùn na h-Alba mar chuspair clas tar-chuspaireil mar phàirt den **Churraicealam airson Sàr-mhathais** (Treas ìre), a' measgachadh eachdraidh, cruinn-eòlas agus na h-ealainean cruthachail. A' cleachdadòh an leabhrain seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' dol nan luchd-sgrùdaidh dùn, a' rannsachadh agus a' taisbeanadh nan dùn aca fhèin. Aig an àm seo, tha iomadh diofar cheistean ann am broch-eòlas le raon de fhreagairtean a tha farsaing agus inntinneach:

- **Carson** a chuir daoine romhpa dùn a thogail sa chiad dol a-mach, seach rudeigin eile? An e fasan, inbhe no dòn a bh' ann?
- **Carson** a bha dùin ann? Mar thuathanasan dìonta, an e dachaighean a bh' anna sa chiad dol a-mach, no daingnichean? Carson a chaidh an togail gus am biodh iad a' coimhead cho làidir?
- **Cò** a cho-dhùin broch a thogail? Dè an structar sòisealta a bh' ann agus ciamar a chaidh co-dhùnaidhean mòra a dhèanamh mu chleachdadòh ùine agus ghoireasan? Dè cho freagarrach 's a tha aithris na dachaigh tarbhaich?
- **Ciamar, càite agus cuin** a nochd agus a sgaoil am beachd tùsail de dhùn?
- **Dè** a tha fios againn an da-rìribh mu na pàirtean fiodha? Na mullaichean, na làir agus na dòighean togail?

Iarr air an luchd-ionnsachaidh dùn a rannsachadh agus a thaisbeanadh, a' comharrachadh agus a' toirt cunntas air na h-eileamaidean *structarail* a tha rim faicinn, a' suidheachadh an dùin sa cho-theacs roinneil aige agus a' mion-sgrùdadòh a' *chlàr arc-eòlaic*, agus a' rannsachadh am beachdan agus am mìneachaidhean fhèin air *amannan ann an tide* fa leth taobh a-staigh na sgeulachd mun dùn aca.

◀ Tha cuid de dhùin nan *structaran glèidhde*, leithid an deagh eisimpleir seo, **Dùn Beag** san Eilean Sgitheanach. Chaidh na ballachan aige air an taobh a-staigh a dhòn le mortar, chaidh sprùilleach a thoirt air falbh bho na transaichean, na gailearaidhean agus na staidhríchean agus chaidh sgrathan a chur air cinn nam ballachan.

© Matt Ritchie

Ma dh'ionnsaicheas sinn ciamar a dh'aithnicheas sinn comharran ann an aithris structarail dùn, gheibh sinn tuigse nas fheàrr air na pròiseasan a tha a' dol air adhart eadar togail agus tuiteam. Ag aithneachadh far an deach spallaidhean ùra a chur a-steach (clachan beaga air an cur a-steach do bheàrnann ann an aghaidh nam ballachan), far an deach pointeadh ùrachadh (le mortar aoil air a thoirt a-steach do bheàrnann taobh a-staigh a' bhalla), far an deach mortar a chur ann (gu tric le saimeant air a chur a-steach do bheàrn taobh a-staigh bunaitean balla no air mullaich bhallachan) agus far an deach thaic a chumail riutha (le bàraichean stàiliinn no umha a' toirt taic do na h-àrd-dorsan mar eisimpleir). Cuidichidh seo thu le bhith a' tuigsinn nan eadar-dehalachaidhean eadar *tobhta neo-ghlèidhte agus structar gleidhte*.


Tha e glè chudromach a bhith a' dèanamh rannsachadh neo-eisimeileach agus a' ceasnachadh na fianais – tha gach ginealach ag ath-sgriobhadh eachdraidh san dòigh aca fhèin, agus, mar a thuirt an t-arc-eòlaiche Dennis Harding, a' dèanamh an dìcheall gus "ceisteann ùra, dòighean ùra gus dùbhlan a thoirt dhan fhianais agus seallaidhean ùra a shireadh air priomh chûisean" (2020, 263).

### Molaidhean ionnsachaidh

- Dh'faodadh tu co-dhùnadh ro-làimh dè na dùin a bhios a' bhuidheann ionnsachaidh agad a' sgrùdadadh, gus dèanamh cinnteach gu bheil deagh sgaoileadh cruinn-eòlach ann, no fòcas a chur air dùin a tha faisg oirbh. Cleachd [pastmap.org.uk](http://pastmap.org.uk) gus coimhead air an sgìre agaibh.
- Iarr air an luchd-ionnsachaidh smaoineachadh air a' choimhairsnachd dùn aca fhèin. Cuimhnich, chan eil anns an 'teaghlach niclasach toilichte' a tha air a thaisbeanadh an seo ach aon den iomadh modal teaghlach a dh'faodadh a bhith ann.

Tha **Dùn Sùladal** a tha suidhichte ann an àite iomallach na *thobhta neo-ghlèidhte*, gun eadar-theachd air a dhèanamh air san nua-linn. Tha e air ire de dhearbhteachd agus iomlanachd a chumail – ach tha e ann an cunnart bho chrònadh mean air mhean gun chlàradh agus tha e fhèin na chunnart do luchd-tadhail. Tha mòran de na dùin againn san aon staid. Gu math tric gun chlàradh le suirbhidh tomhaiste àrc-eòlais, tha na pàirtean den aithris ailtireil aca falaichte le sprùilleach a tha air tuiteam agus le lusan.

© Ed Martin



Gabhaidh na sgeulachdan pearsanta goirid a leanas a chleachdad mar ghnìomhan leughaidh goirid sa chlas. Iarr air an luchd-ionnsachaidh agad (leotha fhèin no ann am paidhrichean) tè de na sgeulachdan goirid a leughadh agus a dheasbad. Bu chòir do luchd-ionnsachaidh fàs eòlach air na bun-bheachdan a tha air am mìneachadh leis na prìomh fhaclan againn, agus gheibh iad sealladh air slighean dreuchdail fa leth ann an arc-eòlas agus glèidhreachas.

### Aithris arc-eòlasach

- *clàr arc-eòlais*: a' gabhail a-steach tuairisgeulan air làraichean, sgriobhainnean eachdraidheil, clàran cladhaich agus fianais bho nithean a chaidh a lorg.
- *traidisean ailtireachd*: na taobhan de dhealbhadh togalach a tha a' comharrachadh seòrsa no sreath.
- *tuathanas dionta*: am foincsean aig dùn mar a tha air a mhìneachadh san leabhran seo, a' ciallachadh gun deach a chleachdad gu sàbhailte tèrantine le dachaigh.
- *aittireachd taisbeanaidh*: seòrsa togalach a tha air a dhealbhadh gus buaidh a thoirt air daoine.
- *cultar stuthach*: na stuthan agus na nithean co-cheangailte ri luchd-togail an dùin.
- *amannan còmhnaidh*: na diofar amannan còmhnaidh, neo-chleachdaidh, atharrachaidh agus càraig a bha ann mus deach làrach fa leth sam bith a thrèigsinn mu dheireadh.
- *dachaigh tharbhach*: teaghach soirbheachail agus fèin-sheasmhach.

### Aithris structarail

- *pròiseas sgrios*: gnìomhan leithid tuiteam, goid cloiche no bleith cladaich a thachras às dèidh do làrach fa leth sam bith a bhith air a thrèigsinn mu dheireadh.
- *àm ann an tide*: tachartas air leth ann am beatha an dùin.
- *eileamaidean structarail*: na feartan fa leth a tha a' comharrachadh dùn.
- *innleadaireachd structarail*: na dòighean togail a tha a dhìth gus dùn a thogail.
- *tobhta neo-ghlèidhete*: làrach air nach deach mòran obair glèidhidh, no obair glèidhidh sam bith, a dhèanamh air a' chlachaireachd.

### Aithris glèidhreachas

- *leirsinn arc - eòlais*: dealbh a tha ag ath-chruthachadh sealladh eachdraidheil agus a tha ag amas air tuigse fhùrinneach agus sealladh cruthachail a chur còmhla gu cothromach.
- *riaghladh glèidhreachas*: obair gus làrach arc-eòlais a dhòn bho mhilleadh no gus piseach a thoirt air a staid.
- *structar glèidhete*: làrach far an deach a' chlachaireachd a ghlèidheadh is a chàradh.
- *clàradh didseatach*: sgrùdadh mionaideach ceart air làrach no structar arc-eòlais a' cleachdad dhòighean leithid sganadh leusair.
- *a' mìneachadh dualchas*: a' taisbeanadh fiosrachaidd mu dhualchas nàdarra agus cultarail.
- *tarraing thomhaiste (measured drawing)*: clàradh mionaideach de làrach no cladhach ann am plana, àrdachadh (elevation) no earrann.
- *lionra smachd sgrùdaidh (survey control network)*: frèam nan stèiseanan sgrùdaidh aig a bheil co-chomharran a chaidh obrachadh a-mach gu mionaideach agus a tha air am meas nam pàirt ro-chudromach den phròiseact.





## A' leughadh Caisteal Gruagaig

THA AN T-ARC-EÒLAICHE MATT RITCHIE A' TOIRT  
CUNNTAS AIR AN FHEALLSANACHD AIR CÙLAIBH  
OBAIR GLÈIDHTEACHAIS CHAISTEAL GRUAGAIG  
AIR A' GHADHEALTACHD

Tha dùn [Chaisteal Gruagaig](#) mu choinneamh Loch Aillse, faisg air an Eilean Sgitheanach. Chaidh a thogail ris a' bhruthach, agus tha an t-slige a-steach a' coimhead a-mach thairis air an uisce. Tha e a-nis na sheasamh nas àirde aig a' chùl, oir tha na h-earrannan nas isle aice air tuiteam gu ire. Tha àrd-doras triantanach suaicheanta air an dùn, suidhichte os cionn tranna a-steach a tha air a dheagh ghleidheadh. Chithear sgeilp cloiche a' ruith timcheall nam ballachan a-staigh, ged a chithear gu follaiseach nach eil seo san àite cheart leis gu bheil an structar a' gluasad sios an leathad mean air mhean, a tha na pàirt den aithris structarail aige. Tha staidhre eadar na ballachan ag èirigh gus an ire àrd a ruighinn, a gheibhear thuige le bhith a' dol tro dhoras a-steach fo bheàrn stacte. Leis gu bheil uachdar na talmhainn a-staigh creagach agus neo-chòmhnr, ag èirigh chun a' chùil, is dòcha gur e an lèr àrd, a tha na laighe air sgeilp cloiche, am priomh àite fuirich. Dh'fhaodte gun deach am bun-ùrlar a chleachdadh airson stòradh no gus fasgadh a thoirt do bheathaichean tron gheamhradh.

Às dèidh clàradh didseatach le sganadh leusair, rinneadh prògram 'aotrom' sùbailte dè ghlèidheadh na cobhaireachd. Mhìnich an aithris dòigh-obrach a sgriobh sinn airson Caisteal Gruagaig an co-theacs a airson an *riaghlaidh glèidheteachais* seo agus thug e cunnas air na dòighean a chaidh a chleachdadh gus an obair a chomharrachadh, a phriomhachadh agus a chlàradh. B' e amasan a' phròiseict:

- Daingnich gu faiceallach clachan a tha air gluasad taobh a-staigh nam ballachan agus air ceann a' bhalla, ag ath-chur agus a' teannachadh spallaidean far a bheil sin a dhìth gun a bhith a' call firinneaseachd an structair.

- Eileamaidean giùlan luchdan a tha air an lagachadh gu mòr a dhèanamh seasamh (far a bheil sin comasach) leithid na h-àrd-dorsan a' dol seachad air trannsaichean, seòmraichean agus oiseanan cudromach.

- Clàraich a h-uile àite air an tug na h-obraichean glèidheteachais buaidh a' cleachdadh sganadh leusair, a' togail dealbhan de phuingean stèidhichte ro làimh agus às dèidh làimh agus le bhith a' comharrachadh nan duilleagan clàraidh.

Bha *riaghlaidh glèidheteachais* Caisteal Gruagaig a' ciallachadh gun robh cothromachadh faiceallach a dhith eadar tobhta firinneasach agus glèidheteachas le tòrr eadar-theachd. Tha seo air cuid de na clachan as mothà a chaidh a ghuasad a-mach à àite a dhèanamh sàbhailte, agus tha e air cuid de dh'aghaidh a bhalla a chàradh. Chaidh spallaidean ùra a chur sna ballachan, na trannsaichean agus na ceallan a-nis agus chaidh an daingneachadh, agus chaidh clachan a bha air gluasad a-mach à àite a chur san àite cheart air ceann a' bhalla a-rithist. Ach, chaidh pìosan de sprùilleach a thuit sios a chumail. Gus an clachaireachd agus tasgaidhean arc-eòlais sam bith a chaidh a thòidhlacadh gu h-ìosal a dhòn, chaidh craobhan beaga agus geugan a thoirt air falbh, agus chaidh rud sam bith eile a bha a' fàs a chlioraigeadh, oir faodaidh na freumhaichean cron a dhèanamh. Chaidh am *pròiseas sgrios* leantainneach de mhilleadh structarail a dhèanamh nas slaodhaiche ach cha deach stad a chur air is cha deach a thionndadh air ais.

Mar thobhta a tha ann an deagh staid ach a tha gu ire mhòr neo-ghlèidhte, tha Caisteal Gruagaig na eisimpleir fior chudromach. Tha an aithris structarail farsaing aige a' toirt dhuinn tuigse fharsaing air an ùine eadar togail agus tuiteam. Bha cumail nan taobhan sin na h-eileamaid chudromach den phròiseact glèidheteachais, a' toirt cothrom dhan neach-tadhail tlachd fhaighinn às an dùn agus a sgeulachd a leughadh taobh a-staigh na tobhta.

◀ [Caisteal Gruagaig](#) © Lynn Fraser



## A' glèidheadh Dùn Chàrlabhaigh

THA MANAIDSEAR OIBRICHEAN ROINNEIL **GAVIN**  
**DOUGLAS AG INNSE DHUINN CHO CUDROMACH 'S A THA**  
**SPALLAIDHEAN BEAGA ANN AN TOGAIL COBHAIREACHD**

Cha dèan nàdar mòran gus dùn a chuideachadh. Bhon dearbh latha a thèid an dùn a thogail, feuchaidh grabhataidh ri a shlaodadh sios, tòisichidh lusan a' fàs air na ballachan aige, nì eòin agus mamalan beaga neadan dhaibh fhèin ann, agus adhbharachaидh gaoth is uisce bleith. Thar nan linntean, mar phàirt den *phròiseas sgrios* nàdarra seo chaidh clachan a ghluasad no a ghoid gus structaran ùra a thogail faisg air làimh.

Tha obair glèidheatcrais air dùin ag amas air na structaran a dhòn agus a ghleidheadh mar a tha iad san latha an-diugh. Tha an dùblain fhèin aig a h-uile dùn agus tha diofar dhuilgheadasan structarail aca uile, ach, san fharsaingeachd, mar as àirde a tha an dùn, 's ann as iom-phillte a bhios cùisean. Tha seo fior gu h-àraig far nach eil ach earrann den dùn fhathast na sheasamh, ach às aonais a' chòrr den chruth chearcallach aige ann gus grabhataidh a sgaoileadh a-mach.

Tha **Dùn Chàrlabhaigh** na shuidhe gu h-àrd air cnoc air costa an iar Eilean Leòdhais anns na h-Eileanan an Iar. Rinneadh mòran *riaghlaidh glèidheatcrais* air thar nam bliadhnaichean, agus tha suidheachadh ceann àrd a' bhalla mòran nas seasmhaiche a-nis na bha e aig deireadh an 19<sup>th</sup> linn. Tha na h-obraichean glèidheatcrais seo a' gabhail a-steach obair glèidhidh simplidh, leithid a bhith a' cur spallaidean ùra a-steach no a bhith gan teannachadh, agus eadar-theachdan mòra, leithid a bhith a' cur chlachan ceanna-bhalla ann an mortar saimeint. Chan e deagh roghainn a th' ann a bhith a' cur

◀ Chaidh an dealbh seo de **Dùn Chàrlabhaigh** a thogail leis an neach-eachdraidh Albannach Erskine Beveridge ann an 1900, mus deach obair glèidhidh sam bith a dhèanamh air.

© Àrainneachd Eachdraidheil Alba

clachaireachd le mortar cruidh ann an thobhtaichean cobhaireachd, leis gum bi pàirtean den *structar a tha a-nis glèidhete a' leudachadh*, a' teannachadh agus a' gluasad aig ìrean eadar-dhealaichte ri feachdan bhon taobh a-muigh. Bha feum air seo ann an Dùn Chàrlabhaigh oir bha earrann mòr de na ballachan dùbalte gun taic fhathast nan seasamh – agus bhiodh luchd-turais a' sreap thairis air, a' gluasad chlachan agus a' dèanamh milleadh.

Chaidh dùin a thogail a' cleachdadh dòigh togail cobhaireachd far am feumar a h-uile clach a chur air stèidh seasmhach, le puingean ceangail far a bheil a' chlach na suidhe air na clachan fodha agus puingean suathaidh far a bheil a' chlach a' beantainn ris an fheadhainn mun cuairt oirre. Thar ùine, gluaisidh an structar gu lèir mar thoradh air rèiteachadh mean air mhean, mar thoradh air buaidh aimsir teth is fuar air clachan fa leth, agus obair-cloiche a bhith air a cur ris no air a toirt air falbh nas fhaide air adhart. Is urrainn dhan ghluasad seo atharrachadh a thoirt air an dòigh anns a bheil forsa grabhataidh a' dol tro chlach fa leth sam bith le bhith ag atharrachadh a phuingean suathaidh agus puingean beantainn – ag atharrachadh a càirdeas seasmhach leis a' chlachaireachd mun cuairt. Faodaidh na h-atharrachaidhean seo ann am forsa a' chlach a sgaradh gu bheartagail, no gluasad nas fharsainge adhbharachadh anns na pàirtean a tha làmh ris. Agus as urrainn seo buaidh domino a thoirt air pìosan mòra de chlachaireachd faisg air làimh, agus is urrainn dha crònadh is tuiteam nas luaithe adhbharachadh, ged nach tachair seo sa bhad.


Gus dèiligeadh ris a' bhuaidh seo, bithear a' cleachdadh spallaidean beaga gus beàrnan eadar clachan nas motha a lionadh, gan sparradh nan àite gus barrachd suathaidh a chruthachadh taobh a-staigh an structair. Ach, tha spallaidean gu math buailteach gluasad iad fhèin, agus bidh iad gu tric a' fàs sgaoilte agus feumar an teannachadh gu cunbalach.

Gu dearbha, tha e gu math cumanta spallaidhean a lorg air an talamh timcheall air dùn, gu sònraichte às dèidh droch stoirm. Mar sin feumar ath-chur agus teannachadh nan spallaidean ann an dùn a dhèanamh gu cunbhalach, a' dèanamh sgrùdadh faiceallach air aghaidhean a-staigh agus a-muigh ballachan an dùin agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an structar gu lèir air a theannachadh ann an òrdugh, oir chruthaicheadh àite sam bith a thèid a dhìochuimhneachadh le mearachd agus a bhios air am fàgail fuasgailte puingean laga. 'S e obair-càraidh àbhaisteach a th' ann a bhith a' cur spallaidean ùra an àite agus gan teannachadh – bidh sinn ga dhèanamh an-diugh dìreach mar a rinn luchd-togail an dùin san àm a dh'fhalbh.

Tha bunaitean spallaidean teannachaidh gu math sìmplidh – bu chòir dhaibh dìreach a bhualadh air ais dhan àite às an tàinig iad - ach faodaidh cus teannachadh barrachd dhuilgheadasan adhbharachadh, a-rithist ag atharrachadh puingean beantainn agus puingean suathaidh na clachaireachd mun cuairt. Mar thoradh air sin, cha bu chòir spallaidean a bhith air an ath-chur no air an teannachadh ach a-mhàin le clachair no eòlaiche cobhaireachd.

Le bhith ag aithneachadh far an deach spallaidean a chur ri dùn, far an deach pointeadh ùrachadh agus far an deach mortar a chur ris, tha seo gar cuideachadh le bhith a' tuigsinn na h-aithris structarail mun *riaghladh glèidheteachais* aige. Ach, ged a tha e furasta a bhith a' coimhead air pìos de chlachaireachd a tha dìreach air a dhaingneachadh agus a' faicinn gur e eadar-theachd ùrnodha a th' ann, tha e tòrr nas duilge an dèidh dhà no trì dheicheadan nuair a tha còinneach is crotal air fàs air an uachdar. 'S e obair gu math riarachail a th' ann a bhith a' lorg sgeulachd glèidheteachais ballachan dùin, coltach ri a bhith a' leughadh leabhraichean-latha làraich aig daoine a bha san obair romham. Bu toil leam smaoineachadh gun tèid ar n-obair a leughadh san aon dòigh san àm ri teachd!





## A' sàbhalaich Clach-tholl

THA AN T-ARC-EÒLAICHE – **GRAEME CAVERS** A' TOIRT CUNNTAS AIR CLADHACH AGUS DAINGNEACHADH DÙN FAISG AIR A' CHLADACH A BHA FOGSAILTE DO NA H-EILEAMAIDEAN

Tha dùn **Clach-tholl** air aon de na beagan dùin a lorgar air costa an iar Chataibh, an sgire as fhaide a tuath agus as fhaide an iar air tìr-mòr na h-Alba. Air a thogail air creagan air a' chosta, le stoirmean a' Chuain Siar a' bualadh air, chaidh balla mòr an taigh-cruinn a sgrios leis a' mhuir, a' lionadh an taobh a-staigh le sprùilleach agus a' fàgail nan *tobhtaichean neo-ghlèidhete* ann an staid chugallach is neo-sheasmhach.

Nuar a chuir a' bhuidheann dhualchas coimhlearsnachd ionadail Asainte Eachdraidheil fios thugainn a dh'fhaighneachd mu bhith a' dèanamh *riaghlaigh glèidheteachais* airson Clach-tholl, bha tòrr chûisean ri bheachdachadh air sa bhad. Bha dragh orra mu staid an dùin, leis gun robh àrd-doras cugallach agus obair-cloiche nan cunnart dhan iomadh neach-tadhail a bhiodh a' coiseachd a-mach dhan làraich gach bliadhna. Bha a' bhuaidh a bhiodh aig luchd-tadhail a' seap air ballachan an dùin agus a' bhuaidh leantainneach aig stoirmean a' gheamhraidh air an làraich na adhbhar dragh eile, agus bha e follaiseach gun tuiteadh tòrr a bharrachd den dùn am broinn a chèile. Tha *innleadaireachd structarail* dùin an eisimeil iomlanachd an tòrr chruinn airson a bhith làidir is seasmhach, agus bha àrdan-doras cugallach agus clachaireachd neo-sheasmhach aig Clach-tholl mar thoradh air mar a bha cuid den dùn air tuiteam. Mura bhiodh obair air a dhèanamh gus na ballachan a dhèanamh seasmhach, bha fior chunnart ann gun tuiteadh barrachd den dùn agus gun dèanadh seo milleadh mòr air.

◀ Clach-tholl © John Town

Cha bhiodh obair daingnichidh air an dùn seo sìmplidh no furasta. Tha an dùn fhathast faisg air 5 m a dh'airde ann an àiteachan, agus tha an taobh a-staigh air a lionadh gu ire ceann a' bhalla a tha air fhàgail le sprùilleach. Air a thogail air cnoc creige agus a' dol thairis air sgoltan domhainn sa chreig, bha toll mòr air nochdadh ann am bonn a' bhalla air an taobh dheas, direach ri taobh cealla na staidhre, agus b' e an aon dòigh air seo a chàradh am balla a thoirt às a chèile gus an gabhadh taicean maireannach a chur an sàs. Ach coltach ri bhith a' ribeadh an t-snàth às a' gheansaидh fhighte aig arc-eòlaiche, nan tarringeadh sinn air an t-snàthainn seo, rachadh barrachd dhiubh a leigeil ma sgaoil. Le bhith a' toirt na pàirt seo den bhalla às a chèile bha e ciallachadh gun toireadh seo buaidh air na sreathan de dh'fhanais a bha air an tiodhlaceadh fon sprùilleach agus gum bhiodh feum aca air cladhach. Dh'fheumadh sinn dèiligeadh ri glèidheteachas an structair gu h-iomlan, a' cladhach gu cùramach agus a' clàradh an spruillich agus an obair-cloiche mus rachadh na ballachan a chàradh agus mur rachadh obair a dhèanamh orra gus an chumail suas.

Tha cladhach arc-eòlaic daonna millteach: chan urrainnear a dhèanamh ach aon turas, agus nuair a thèid ballachan a sheas fad dà mhile bliadhna a thoirt às a chèile, tha iad air an atharrachadh gu bràth. Tha e an urra ris an arc-eòlaiche dèanamh cinnteach gun tèid clàran ceart a dhèanamh, gun tèid a h-uile clach, breath talmhainn agus nì a lorgar a chlàradh chun nan ìrean as àirde 's a ghabhas aig an àm, gus am faighear an ìre as motha de dh'friosachadh mun làraich agus mu na h-amannan còmhnaidh aice.

Gus an dùn a thoirt às a chèile, a chladhach agus a dhèanamh seasmhach gu sàbhailte, dh'fheumadh làn thugse a bhith againn air an *innleadaireachd structarail* thusail. Nan gluaiseamaid a' chlach sin, dè a chumadh an tè seo an àird? Gus an tè seo a dhèanamh sàbhailte, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil taic dhan tè eile sin. Ma thogas sinn an t-àrd-doras sin, am bi e fhathast seasmhach? Coltach ri luchd-togail an dùn, bha sinn airson gun cumaidh na ballachan orra seasamh agus nach biomaid air ar pronnadh leis na tunnaichean


de chloich a' tuiteam oirnn. Mar sin bha e cudromach smaoineachadh air ceum mus deach sinn air adhart, agus bha co-obrachadh agus obair-sgioba ro-chudromach anns gach nì a rinn sinn.

Thug mion-sgrùdadh air clachan fa leth agus mar a bha iad air an cur ri chèile ann an coirbealachd agus stàrr-chrainn tuigse nas fheàrr dhuinn air sgeulachd structarail an dùin – air na dòighean anns an deach an togalach atharrachadh bhon dealbhadh tùsail, agus na cuideaman agus na forsaisean a tha ga chumail na sheasamh an-diugh. Le buannachd theicneòlasan *clàradh didseatach* an latha an-diugh leithid sganadh leusair agus modaladh 3D, b' urrainn dhuinn suidheachadh a h-uile clach a chlàradh agus deagh shùil a thoirt orra air laptop gach feasgar. B' urrainn dhuinn bruidhinn tro phlana an ath latha agus obrachadh a-mach dè an ro-innleachd a bhiodh againn airson a dhèanamh gu sàbhailte. Le taic bho chlachair sgileil agus luchd-obrach deònach bho na saor-thoilich agus luchd-obrach againn, feumaidh gun robh an sgioba againn a' coimhead glè choltach ris an fheadhainn a thog an dùn an toiseach. Is dòcha gun robh an sgrìobadh smiogaid agus deoghaill fhiacan a bha a' dol air adhart nuair a bha sinn nar seasamh timcheall air àrd-dorais briste as t-samhradh 2017 air a bhith gu math coltach ris a' bhuidhinn a bha nan seasamh an sin ann an Linn an larainn, còrr is dà mhìle bliadhna roimhe sin.

Tha an uiread de dh'obair a bha a dhìth iongantach. Bha aig an sgioba cladhach ri 300 tunna de sprùilleach a għluasad gus an taobh a-staigh a chlioraigeadh, a' gabħail a-steach mòran chlachan mòra a dh'fheumadh sianar gus an gluasad. Bha an dòigh-obrach a dhealbhaich sinn gus seo a dhèanamh a gabħail a-steach a bhith a' cleachdadħ creathail ròpa le sia ròpan luaidhe, a' leigeil le sgioba clachan trom a thogail meatair no dhà aig an aon àm. Bha sinn toilichte gun robh bòttannan le dion stàlinn againn do na h-òrdagan coise, mhiotagan agus adan cruaidh, agus bhiodh sinn gu tric a' faighneachd na bhiodh cas no gàirdean briste a' ciallachadh do neach-togail dùn gun dion bho chionn fhada.


Le bhith a' cladhach gu faiceallach air na làir a bha air an deagh ghleidheadh, a' lorg nan ceudan de stuthan-àrsaidh agus a' dealachadh nan structaran a thuit gu ire, thàinig sgeulachd arc-eòlais an dùin am follais. 'S dòcha gun deach an dùn, air a thogail cho tràth ris a' 4mh linn RC, am broinn a chèile grunn thursan nuair a bha e ga chleachdadħ, agus gun deach ath-thogail iomadh uair. Sguir daoine a bhith a' fuireach ann timcheall air a' bhliadhna 1 RC/AD, ann an teine mòr a sgrios an togalach gu lèir. Cha bhi fios againn gu bràth dè dh'adhbharaich an teine, prìomh àm ann an tìde ann an sgeulachd Chlach-tholl – ach cha do thill duine gus ath-thogail aon uair eile, agus bha an dùn trèigte bhon àm sin a-mach.

Tro sgrùdaidhean aig an dùn agus mion-sgrùdadh air na toraidhean againn tha sinn air aithris arc-eòlais agus structarail mu thuineachadh ro-eachdraidheil cudromach a chur ri chèile ann an sgìre far nach deach mòran dùn a sgrùdadħ. Ach bha ar cuid obrach air an dùn nas cudromaiche na direach a bhith a' dion na tha air fhàgail den dùn gu fiosaigeach agus a bhith ga dhèanamh seasmhach. Tha a bhith a' co-roinneadh luach an togalaich agus na h-eachdraidh a chunnaic e bho chionn dà mhìle bliadhna, agus a' sgaoileadh nan sgeulachdan a tha an rannsachadh air toirt dhuinn, nam pàirtean ro-chudromach den aithris għlèidhteachais ùr agus mar a tha sinn a' coimhead air an àite seo. Tha *an structar glèidhete a-nis seasmhach agus sàbhailte do luchd-tadhail*, agus chaidh am fiosrachadh a bha na lùib a lorg tro obair arc-eòlais mus deach a chall dhan mhuir.



Tha am modail seo de dhùn **Chlach-tholl** a' sealtainn mar ►  
as urrainn crionadh seasmhach leis a' mhuiр agus an làn  
'clach eile a thoirt air falbh' bho bhallachan an dùin. Às  
aonais cladhach, bhiodh na tasgaidhean arc-eòlais so-  
leόnte san taobh a-staigh fosgailte air an call.

© AOC Archaeology



## A' glèidheadh Ousdale

THA KENNETH McELROY BHO PHRÒISEACT DÙIN  
GHALLAIBH AG INNSE NA SGEULACHD AIR CÙLAIBH DÙN  
CLASAIGEACH AIR A' CHLADACH

Bha ùidh agam ann an arc-eòlas Ghallaibh cò fad as cuimhne leam. Seo mo chruth tire, m' àite agus mo dhachaigh. Bha ùidh shònraichte agam anns an iomadh dùn san t-siorrachd – dùn a bha uair nan taighean àrda is nam bailtean bheartagail, beothail is làn dhaoine - far nach eil ann a-nis ach cnapan de sprùilleach is de thalamh. Saoilidh mi gun d' fhuair mi tuigse ùr nas fheàrr agus nas mothà den dualchas arc-eòlasach againn gach turas a thadhail mi air dùin eile.

Aon mhadaidh fhuar reòtchte anns a' gheamhradh, chaidh mi fhìn is mo charaid lain gu dùn **Ousdale**, suidhichte ann am mòinteach os cionn bearraidhean a' chosta an ear. Bha mi air mo dhòigh glan a bhith a' rannsachadh an dùn seo, air aon den fheadhainn san staid as fheàrr ann an Gallaibh. Ach 's e flor bhriseadh dùil a bh' ann nuair a chunnaic sinn e. Bha an dùn air impis tuiteam am broinn a chèile Bha clach air a sgaoileadh thairis air an t-slige a-steach, agus bha obair-cloiche an dùn air at agus air sìneadh ann an àiteachan, le freumhan chraobhan a' putadh a-mach às a' chlachaireachd. Cha b' urrainn do dh'lain a creidsinn gur e seo an dearbh dùn air an do thadhail e direach beagan bhliadhnaichean roimhe sin. 'S e flor bhriseadh-dùil a bha seo dhuinn – bha sinn an dùil gur e seud ann an dualchas Ghallaibh a bhiodh ann. Chuir sinn romhainn aig an am sin fhèin rudeigin a dhèanamh mu dhùn Ousdale, mura biodh e ro anmoch mar-thà...

Thug turas air an dùn às dèidh seo le eòlaiche bho Àrainneachd Eachdraidheil Alba beagan dòchais dhuinn, leis gun robh iad a' creidsinn gun gabhadh an dùn a shàbhaladh. Ach cha robh mòran tìde ann agus, leis na dùblain a bha an lùib pròiseact *riaghadh glèidheadh* cho àrd-amasach, bha feum againn air comhairle phroifeiseanta. Chuidich innleadairean structarail agus ailtirean glèidheadh gus am milleadh a mheasadh mus do dhealbhaich iad na h-ath cheumannan gus an dùn a shàbhaladh.

Às dèidh do na h-aitirean glèidheadh planaichean mionaideach a dhealbhadh, b' e a' chiad obair a bh' ann a bhith a' toirt air falbh a' chùirn de sprùilleach a bha air a tuiteam bho bhalla-taice ri taobh na slighe a-steach.

Thug an obair grunn mhìosan, tron earrach agus tron t-samhradh. A' togail tòrr mòr chlachan, bhiodh na clachairean a' càrnadh agus a' gluasad nan leacan dhan àite cheart aca, a' coimhead orra uair is uair, mus do chuir iad a-steach dhan àite mu dheireadh iad. Aig amannan cha robh na ballachan air an ath-thogail direach mar a bha iad ach bha iad air an cur air ais ri chèile ann an dòigh a bha sàbhailte, dileas ris an structar tùsail, agus a rinn follaiseach gur e eadar-theachd ùr-nodha a bh' anns an obair.

Air sgàth nàdar na cobhaireachd, bha mar a bha cuid den dùn air tuiteam am broinn a chèile a' ciallachadh gun robh pàirtean eile den dùn air töiseachadh air gluasad sìos. Bidh an obair-cloiche a' gluasad mus suidhich e san àite cheart; chan e structar stadaigeach a th' ann an dùn.

Shuidhich na clachairean seo le bhith a' cur spallaidean ùra anns na cursaichean cloiche, ach an turas seo a' cleachdadhbh pìosan beaga de dh'fhiadh jarrah fior-chruaidh (ris an canar spallaidean), an aon fhiodh a bhios air a chleachdadhbh airson trasnain rèile. Chaidh an cur a-steach ann an àiteachan sònraichte gus taic a thoirt dhan structar agus gus a neartachadh. Chaidh còrr air 200 spalla fa leth a bhualadh a-steach do bhallachan an dùn, ged a dh'fheumadh sùil gheur a bhith agad gus na spallaidean seo fhaicinn san obair-cloiche.

Gus ar cuideachadh gus cor làithreach an dùn a thuiginn, a bharrachd air clàr mionaideach a bhith againn den structar gu lèir, dh'iarr sinn air arc-eòlaichean *clàradh didseatach* a dhèanamh le bhith a' dèanamh sganadh leusair. Tha seo a' ciallachadh ma bhios trioblaidean sam bith ann leis an dùn san àm ri teachd, gun tèid againn an sgana a chleachdadhbh mar phuing-reafraints. Agus, a bharrachd air a bhith a' toirt seachad clàr bunaiteach cudromach den structar *glèidh* airson nan ginealaichean ri teachd, bha toraidhean an sganaidh magnaiteach, tarraigeach agus brèagha – kaleidoscope de dhath ann an cumadh dùn a bhiodh air còrdadh gu mòr ri Andy Warhol!



## A' suirbhidheadh Mousa

THA AN T-EÒLAICHE DIDSEATACH **SOPHIA MIRASHRAFI**,  
A' TOIRT CUNNTAS AIR AN T-SUIRBHIDH AIR DÙN  
SUAICHEANTA ANN AN SEALTAINN

Chan ann a h-uile latha a thòisicheas obair-làraich le turas bàta agus bara-cuibhle! Ann am meadhan an t-samhraidh ann an 2018, chaidh sgioba beag de dh'arc-eòlaichean agus shuirbhidhearan gu dùn **Mousa**, a tha suidhichte air eilean beag dìreach far costa Shealtainn. Le sganair agus na camarathan air am pacadh gu sàbhailte anns na ceasachan dòn aca, bha an turas tarsainn an uisge chun an eilein socair agus cha do thachair dad às an àbhaist. Aon uair 's gun deach sinn air tir san eilean, chaidh barracuibhle beag a thoirt dhuinn gus ar cuid uidheamachd a ghluaasad dhan tùr, *structar glèidhete suaicheanta* agus an dùn as fheàrr glèidhete an Alba. Aon uair 's gun robh sinn ann, b' urrainn fior obair *clàradh didseatach* tòiseachadh.

Bidh Sgioba Clàradh Didseatach a' clàradh an dualchais a tha fochùram Àrainneachd Eachdraidheil Alba ann an 3D, ann an dòigh cho ceart agus cho mionaideach 's a ghabhas. Tha an dàta 3D a chruthaicheas sinn na chlàr ùghdarrasail, agus tha seo air a chleachdadh gus fiosrachadh a chumail ris an dà chuid *riaghladh glèidheteachais* agus *eadar-mhìneachadh dualchais*, a bharrachd air a bhith a' cuideachadh le bhith a' cur ri ruigsinneachd bhiortail. Chaidh am pròiseas gus *structar* cho mòr agus cho iom-fhillte ri dùn Mousa a chlàradh a choileanadh tro mheasgachadh de dhòighean *clàradh didseatach*: sganadh leusair talmhainn agus photogrammetry.

◀ Tha am modail seo de **Mhousa** a' cur còmhla an sgòth phuingean a chaidh a chruthachadh le suirbhidh sgan laser le inneach photogrammetric.

© Àrainneachd Eachdraidheil Alba

## Sganadh leusair

Tha Sganadh leusair na innleachd a bhios a' clàradh geoimeatraidh uachdar 3D de nithean, thogalaichean, làraichean agus chruthan-tìre ann an cruth didseatach. Tha sganair leusair ag obair le bhith a' cur beam leusair air uachdar, agus an uair sin a' dèanamh analis air cruth tonn an fhaileis-sgàthain gus astar tomhaiste a thoirt seachad. Nì e seo suas ri millean turas gach diog, a' cuairteachadh 360 ceum. Tha co-chomharran XYZ aig gach puing tomhais ann an spàs 3D, a thig còmhla gus rud ris an canar sgòth phuingean a chruthachadh, a' mìneachadh geoimeatraidh an uachdair gu mionaideach. Bidh an sganair leusair ag obair a rèir prionnsapal loidhne-seallaidh, agus mar sin feumar sganaidhean a thoirt bho iomadh suidheachadh a tha a' dol thairis air a' chèile gus an urrainn dhaibh dealbhan iomlan fhaighinn de làrach, agus gus an gabh sganaidhean a cheangal ri chèile. Gus suidheachadh cruinn-eòlasach na làraich, agus nan diofar shuidheachaidhean a bhios sinn a' sganadh a chlàradh, bidh sinn a' stèidheachadh *lionra smachd suirbhidh* agus nì sinn geo-reafreans air an dàta sgana againn taobh a-staigh siostam co-chomharran aithnichte. Ged a bha e coltach gun robh e simplidh, thug meud, cumadh agus inneach an dùin dùblain gun samhail dhuinn a thaobh a bhith ga ghlacadh gu h-èifeachdach.


## Fotogramachd

Tha Fotogramachd (*photogrammetry*) a' gabail a-steach a bhith a' glacadh grunn dhealbhan didseatach a tha a' dol thairis air a' chèile agus an uair sin gam pròiseasadh a' cleachdadh algairimean sònraichte gus suidheachadh camara fa leth obrachadh a-mach bho na dealbhan agus an cur còmhla ann an aon àite 3D. Leis a' phròiseas co-thaobhadh seo is urrainn dhuinn sgòth phuingean 3D a chruthachadh le dùmhlachd-bhreacaidh àrd le geoimeatraidh uachdar mionaideach. Mar as trice cleachdaidh sinn drònaichean no camarathan air trì-chasach gus modalan fotogramach a dhèanamh. Ann am Mousa, chleachd sinn camara air trì-chasach gus na ceudan de dhealbhan a bha a dhith a thogail. Bha an aimsir soilleir ach sgòthach, agus bha seo na bhogsa solais nàdarra, a' dèanamh cinnteach nach robh faileas cruidh ann an inneach a' mhodail dheireannaich.


Air ais san oifis, chleachd sinn bathar-bog sònraichte gus an dàta fior mhionaideach bhon sgana leusair a chur còmhla leis an fotogramachd mhionaideach gus riochdachadh photorealistic den làraich a chruthachadh ann an 3D. Leis an stòr-dàta 3D seo, tha bun-loidhne againn agus is urrainn dhuinn sùl a chumail air atharrachadh thar ùine le sganaidhean coimeasach agus is urrainn dhuinn cothrom bhiortail a thabhall air structar a tha doirbh a ruigsinn.

Ach cha robh ann an clàradh didseatach an dùin gu fiosaireachd ach aon phàirt den obair againn. Chleachd sinn cuideachd camara 360-puing gus iomhaighean bogaidh a chruthachadh airson cuairtean bhiortail timcheall air an dùn, agus inneal-clàraigd fuaim 3D gus na chluinneas tu air an làraich a chlàradh. Às dèidh latha fada agus trang a' sgrùdadadh an dùin, chlàraich sinn seallaidean is fuamean feasgar meadhan an t-samhraidh, a' glacadh *àm ann an tide*.

Seachad air fuaim nan tonn a' bualadh gu socair air a' chladach, cluinnidh tu cuideachd colonaidh de luaireagan, teantan an latha an-diugh den t-seann taigh-còmhnaidh seo. Ged a tha e an ire mhath sàmhach tron latha, aig ciaradh an fheasgair bidh an dùn a' tighinn beò le òrain is sgiathan sgiobalta nan eun a' tighinn agus a' falbh bho na neadan beaga biodach aca ann an oiseanan taobh a-staigh nam ballachan cloiche.



Sgòth phuingean aig **Mhousa**. ►  
© Àrainneachd Eachdraidheil Alba



## A' clàradh Old Scatness

THA DEALBHADAIR ARC-EÒLASACH ALAN BRABY A' TOIRT  
TUAIRISGEUL AIR AN OBAIR MHÒIR A BHA AN LÙIB A  
BHITH A' TARRAING DEALBH DE BHAILE DÙIN

Bha fios againn bho thùs gum biodh e dùbhlanach an làrach mhòr seo a chaidh a cleachdadh aig diofar amannan aig **Old Scatness** ann am fior cheann a deas Shealtainn a chladhach agus a chlàradh, gu h-àraidh nuair a bha fios againn gun robh dùn bho Linn an larainn aig a chridhe. Bha grunn taighean-cruinn cobhaireachd nas lugh sa bhaile dùin timcheall air. Chaidh taighean-cuibhle agus toglaichean ioma-ceallach an uair sin a thogail an àite a' bhaile dhùin, agus an uair sin, chaidh baile Lochlannach a thogail far an robh iad. Bha sgil agus foighidinn a dhìth gus ionnsachadh mu na diofar *amannan còmhnaidh*, a' cruthachadh *clàr arc-eòlaic* de na diofar structairean tro chladhach faiceallach, togail dhealbhan agus *tarraing thomhaiste*.

Chaidh siostam clàradh bun-tomhasaichte a chruthachadh dhan chladhach thoinnte thairis air na deich ràithean cladhach samhraidh, gus am biodh e furasta an clàr làraich bho na diofar sheasanan a sgrùedad. Bha planadh còmhnràd ceangailte ri cliaith na làraich agus an *lionra smachd sgrùdaidh*. Chaidh a dhèanamh aig sgèile 1:20 (far a bheil 1 cm san dealbh a' riochdachadh 20 cm air an làrach an da-rìribh), agus a' tarraing earrannan bheartagail agus àrdachaidhean aig sgèile 1:10. An toiseach b' urrainn dhuinn planadh a dhèanamh san òigh àbhaistich, a' cleachdadh chnagan clèithe ann am paidhrichean air gach taobh den chlais,

◀ Bha daoine a' fuireach ann an **Old Scatness** fad nan ceudan de bhliadhnaichean. Bha an dùn air a chuaireachadh an toiseach le taighean-cruinn cloiche na bu lugha, agus an uair sin chaidh taighean-cuibhle agus togalaichean cealla a chur nan àite. Mar thoradh air seo tha sreach iom-phillte de thobhtaichean structarail ann, le togalaichean nas òige gan togail thairis air no taobh a-staigh nam feadhainn nas sine. Le bhith a' cruthachadh dealbh *tomhaiste* den bhaile fhad's a bha e ga chladhach, bha cliaith làraich foirméil ann còmhla ri grunn bhun-loidhnichean 'fleòdraidh' neo-fhoirmeil.

a' cur teip eatorra agus a' cur phuingean a-steach gach meatair. Dh'obraich seo gu reusanta math airson a' chiad ràithe, ach dh'fhàs e na bu duilghe air latha sam bith nach robh ciùin is gun ghaoth.



Nuair a chaidh na seasanan air adhart agus na trainnsichean againn a' leudachadh, bha sinn uaireannan ag obair le structaran a bha air an gleidheadh thairis air àirde dhaoine, agus dh'fhàs e do-dhèanta cumail oirnn a' dèanamh dhealbhan mar seo. Gu math tric bhiodh an loidhne sreang eadar puingean-clèithe àrd san adhar, agus bhiodh na teipichean a' gluasad mun cuairt gu cunnartach sa ghaoith. B' fheudar dhuinn cùl a chur ris a' chliath làraich airson dealbhadh, a' cleachdadh dòigh ùr ùргhnàthach na h-àite a tha a-nis cumanta air cladhaichean iom-phillte coltach ris. An àite a bhith a' làimhseachadh na làraich gu lèir mar aonad singilte, le dealbhan nam pàirt de shiostam clèithe stèidhichte, bha gach structar a-nis air a làimhseachadh mar aonad fa leth. Nan robh againn ri uachdar ùrlair a chlàradh, chaidh bun-loidhne 'fleòdraidh' shìmplidh a chur a-steach le puing stèidhichte aig gach ceann, chaidh teip a chur a-mach agus thòisich planadh le puingean a bharrachd air an cur ris nuair a bha seo a dhìth gus an robh dealbh ann den ùrlar air fad. Chaidh suidheachadh gach ball-àrsaидh a chaidh a lorg tron chladhach a chlàradh ann an 3D airson stòr-dàta nan lorgan beaga, agus bha e sìmplidh crìoch gach bun-loidhne fa leth a chlàradh ann an 3D. San dòigh seo, ge b' e dè an ceàrn no an àirde a th' aig bun-loidhnichean fa leth, dh'fhaodadh iad a bhith air an suidheachadh gu spàsail agus air an dealbhadh mar phlana làraich slàn nas fhaide air adhart.

Tro na seasanan cladhach bha sgioba planaидh sònraichte againn, le bothan planaïdh far an robh sinn a' cumail na h-uidheamachd uile a bha a dhìth oirnn - teipichean tomhais, bùird dealbhaidh, frèamaichean planaïdh, pàipear-treusaïdh agus pàipearachd. Le sgioba sònraichte againn agus leis an uidheamachd againn uile ann an aon àite bha a h-uile càil ri làimh agus deiseil airson cleachdadh. Mar neach-stiùridh dealbhaidh, bha mi an urra ris a' mhòr-chuid de tharraing nan dealbhan agus airson a bhith a' teagasc do na h-oileanaich mar a bu chòir earrannan a phlanadh agus a chlàradh (an clàr bheartagail

seach còmhnràd de na tha air fhàgail den togalach agus stratagrafachd). Bha comas nàdarra aig cuid de na h-oileanaich a bhith a' dèanamh dhealbhan teicnigeach agus airson a bhith a' planadh - rinn iad dealbhan soilleir agus ceart ann an àm gu math goirid. Chaidh barrachd uallaichean a thabhnann do na h-oileanaich sin anns na seasanan ri teachd agus chaidh iad fhèin nan luchd-cuideachaидh planaидh agus tidsearan comasach, a' toirt nan sgilean aca dhan ath ghinealach de dh'oileanaich a thàinig a dh'obair air an làraich.

Bha an cladhach ann an Old Scatness iongantach. Ach bha e gu math dùbhlach cuideachd. Dh'fheumadh sinn a bhith air leth faiceallach a thaobh far an robh sinn a' seasamh agus a' coiseachd, oir bha na h-uimhir de thasgaidhean agus fheartan a bha sinn a' feuchainn

ri chlàradh, agus bha cuid de na structairean doirbh faighinn a-steach ann no bha iad e duilich a bhith ag obair annta mar thoradh air a' cruth aca. Bha grunn thursan ann cuideachd nuair a bha droch ghaoth ann, gun robh dìle bhàite ann agus gun robh e ro fliuch cumail air leis an obair – ged a bhiodh an sgioba planaидh bochd mar as trice air am fàgail air an làraich gus am planadh a chrìochnachadh. Bha bòtannan làidir, aodach uisge-dhònach agus càil àbhachdais deatamach!



▲ Tha eisimpleir simplidh ach èifeachdach de dheagh *innleadaireachd structarail* a' dèanamh cinnteach gu bheil an taigh-cuibhle gu lèir seasmhach. Le bhith a' cur clach mhòr chòmhnràd fo bhonn na lic cloiche a tha na sheasamh air beulaibh gach colbh, tha seo a' cumail taic ri cuideam a' chuilbh agus a' mhullaich os a chionn. Às aonais na cloiche seo, bidh an leac cloiche a gluasad sìos, a' toirt air a' cholbh gu h-àrd tuiteam.

Chaidh am modail eireachdail seo de thaigh-cuibhle a thogail ann an Old Scatness le Urras Goireasan Shealtainn. ►

© Ian Cowe





## Ag eadar-mhìneachadh Gurness

THA COMHAIRLICHE NAN GOIREASAN CULTARACH, RACHEL PICKERING, A' TOIRT CUNNTAS AIR OBAIL BHO CHIONN GHÓIRID GUS BAILE BEAG AINMEIL A THAISBEANADH ANN AN ARCAIBH

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' coimhead às dèidh cuid de na dùin as fheàrr an Alba. Mar aon de na ciad seòrsachean làraichean arc-eòlais air an deach beachdachadh airson dòn agus taisbeanadh dhan phoball mar dhualchas a tha cudromach gu nàiseanta, tha na h-aithrisean glèidheteachais aca gu tric a' dol air ais còrr is ceud bliadhna. Tha cumail suas agus a' dèanamh eadar-mhìneachadh air na *structairean glèidhete* a' toirt dhuinn mòran chothroman is dhùbhlain. Is e an obair agam dèanamh cinnteach gu bheil luach arc-eòlais nan làraichean sin air a riaghadh gu faiceallach, gu bheil iad air an dòn airson an latha an-diugh agus airson an àm ri teachd, agus gu bheil sgeulachdan inntinneach nan làraichean sin air an sgaoileadh agus air an comharrachadh. Chuir ar sinnsirean tasgadh mòr an sàs ann a bhith a' dealbhadh agus a' togail nan togalaichean suaicheanta seo, agus tha e mar dhleastanas oirnn a-nis dèanamh cinnteach gum mair iad airson nan ginealaichean ri teachd airson tadhail orra, sgrùdadh agus tlachd fhaighinn asta.

Is e fear de na dùblain as mothà a tha romhainn mar a thaisbeanas sinn na làraichean iom-fhillte seo (gu tric le grunn *amannan còmhnaidh* eadar-dhealaichte) do luchd-tadhail ann an dòigh ruigsinneach agus furasta a thuigsinn. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gun tuig a h-uile duine a bhios a' tadhail air na làraichean sin na tha iad a' coimhead air, cuin a chaidh a thogail, ciamar a chaidh a chleachdad agus cò ris a bha e coltach bho thuis. Bidh sinn a' dèanamh tòrr obrach ag ullachadh nam *mìneachadh dualchais* againn – gu h-àraidh na *lèirsinnean àrc-eòlais*, modailean sgèile agus dealbhan ath-chruthachaидh, a tha

◀ Gurness © Hamish Fenton

nan dòigh chumhachdach agus èifeachdach air daoine a chuideachadh gus na làraichean sin a shamhlachadh agus a thuigsinn. Tha sgioba de dhaoine a dhìth gus am mìneachadh seo a thoirt gu buil, bho na h-eòlaichean mìneachaidh againn gu eòlaichean bhon taobh a-muigh agus an luchd-ealain fhìn.

Rinn sinn ùrachadh air a' *mìneachadh dualchais* aig dùn Gurness ann an Arcaibh bho chionn ghoirid, a' tarraing air an rannsachadh arc-eòlais as ùire gus modal sgèile den dùn agus den bhaile a chruthachadh, agus gus grunn dhealbhan le luchd-ealain ùra a chleachdad. Mar a strice bidh sinn a' sealltainn dùin coileanta – gu tric mar iomhaigh a tha gearradh tro na ballachan gus sealltainn dè an coltas a dh'faodadh a bhith air an leth a-staigh – ach an turas seo bha sinn airson rudeigin beagan eadar-dhealaichte a dhèanamh. Cho-dhùin sinn dealbh a dhèanamh den dùn fhad 's a bha e ga thogail.

A bharrachd air an rannsachadh agam fhìn, a' tarraing air fianais àrc-eòlais à Gurness agus làraich dùn eile ann an Arcaibh agus costa a' Chuain Siar, dh'obraich mi gu dlùth le arc-eòlaichean agus eòlaichean eile gus bunait fianais a thogail a bheireadh fiosrachadh dhan neach-ealain airson an deilbh. Dh'obraich sinn còmhla an uair sin gus an ath-thogail a chruthachadh, le fòcas air irean iosal tùr an dùn nuair a bhathar ga thogail.

Bidh rannsachadh air pròiseact sam bith mar seo a' togail na ceart uimhir de cheistean ri fhreagairtean. Cò às a thàinig a' chlach agus ciamar a chaidh a thoirt dhan làraich? Cò a bha an sàs ann an togail an dùin? Cò ris a bha an cruth tire timcheall air coltach aig an am - agus dè seòrsa structar eile a bha ann aig an àm? Dè na dòighean-obrach a chaidh a chleachdad gus na ballachan a thogail? Tha cuid de na ceistean seo nas phasa a fhreagairt na cuid eile!

Chuir sinn romhainn na ballachan iosal de thùr an dùin a shealltainn gan togail le sgioba-obrach measgaichte, leis na ballachan a-staigh agus a-muigh air an togail aig an aon àm. Dh'fhaodte gun robh a' choimhearsnachd air fad an sàs – ged a roghnaich sinn a ràdh gur e aon neach a bha an urra ri cùisean, 's dòcha priomh neach-togail no ailtire a' cumail smachd air an sgeama gu lèir.

Tha sinn a' sealltainn cleachdadh rampaichean fiodha no àraighean a dh'faodadh a bhith air an cleachdadh airson clach a thogail agus gus faighinn a-steach gu cinn nam balla nuair a chaidh obair togail air adhart. Agus cho-dhùin sinn gun seallamaid beathaichean gan cleachdadh gus cuid de na stuthan a ghiùlan.

Bidh sinn an-còmhnaidh a' feuchainn ri ar dealbhan mac-meanmnach a stèidheachadh air fianais iomchaidh cho fad 's as urrainn dhuinn, bho choltas na h-obrach cloiche gu *cultar stuthach* leithid stuthan agus aodach iomchaidh, agus na lusan san t-sealladh-tìre mun cuairt. Ach tha èire de dh'obair tomhais ionnsachte daonnan ann, oir tha an fhianais gu tric dà-sheaghach no cuibhrichte agus mar sin tha gu leòr cheistean fhathast gun fhreagairt. Tha sinn daonnan airson's gum bi na dealbhan againn cho faisg 's a ghabhas air cùisean mar a bha iad gu h-eachdraidheil ach tha sinn ag aithneachadh gu bheil e do-dhèanta a bhith gu tur 'ceart'. 'S e an rud as

cudromaiche a bhith a' toirt air daoine a bhith a' smaoineachadh agus a' bruidhinn!

Is fior thoil leam a bhith ag obair leis na toglaichean fior inntinneach seo! Tha obair le co-obraichean bho dhiofar chùl-raointean agus speisealaichean gam bhrosnachadh gus coimhead air làraichean arc-eòlais ann an dòigh ùr. 'S ann gu math tric a chaidh ceist fhaighneachd dhòm mu rudeigin air nach do smaoinich mi a-riamh roimhe! Le bhith ag obair tro na tòimhseachain sin gus *lèirsinnean àrc-eòlais* ùra a chruthachadh, *mìneachadh dualchais* ùr a chur ri chèile no gus dèiligeadh ri cùisean duilich a thaobh *riaghladh glèidheteachais*, bidh sin gar cuideachadh gus smaoineachadh nas doimhne mu na tobhtaichean rùnach sin.

Modail sgèile de Ghurness le Paul Tyer aig  
Peedie Models; agus an lèirsinn arc-eòlais ùr.  
© Àrainneachd Eachdraidheil Alba



# DÙN



## A' cruthachadh Dùn Seanchas nar mac-meanmna


AG OBAIR CÒMHЛА, THA MATT RITCHIE AGUS ALAN  
BRABY A' MÌNEACHADH NAN DÒIGHEAN-OBRACH ACA  
GUS NA LÈIRSINNEAN ÀRC-EÒLAIS ACA A CHRUTHACHADH

Is toil leinn a bhith ag obair còmhla gus smaoineachadh air beatha san àm a dh' fhalbh - ag obrachadh a-mach dè bu chòir a chur san dealbh agus a' dealbhadh na sgeulachd lèirsinneach a dh'innseas e. Bidh priomh chuspair aithriseach aig deagh *lèirsinn arc-eòla*, dealbh freumhaichte ann am firinn arc-eòla agus stoidhle cruthachail, tarraingeach – agus ged a bhios am measgachadh diofraichte a rèir cuspair agus stoidhle ealain, tha e spòrsail dha-rìribh a bhith a' faighinn a' chothromachaidd cheart.

*Tha lèirsinnean arc-eòla* nam pàirt chudromach de mhìneachadh dualchais, a' taisbeanadh agus a' mìneachadh fiosrachadh mu dhualchas nàdarrach is cultarach. Leis gu bheil eadar-mhìneachadh gu tric nas cumhachdaiche nuair a bhios e dàna, feumaidh e a bhith ceart agus a' leantainn na fianais, ach feumaidh e cuideachd a bhith làidir agus intinnreach, a' cruthachadh cheanglaichean eadar an luchd-amais agus an cuspair le bhith a' brosnachadh fhaireachdainnean.

Bidh cuid de dhealbhan-camara a' cuimseachadh air beatha taobh a-staigh togalach eachdraidheil, air na nithean agus an *cultar stuthach*, no air an aodach a bhiodh air daoine aig an àm. Bidh cuid a' cur fòcas air an ailtireachd. Bidh cuid a' feuchainn ris an lèrach a shuidheachadh taobh a-staigh a' chruth-tire a bh' ann aig an àm. Bidh cuid eile a' sealltainn tachartas eachdraidheil, àm an tide no beachd no pròiseas arc-eòlasach.

◀ Tha *Caisteal Dùnidh* àrd os cionn Linne Dhiùra. Tha e na dheagh eisimpleir de 'dun'. Ann am briathras arc-eòla, tha an àd chuid 'brochs' iom-fhillte agus 'duns' simplidh nan Taighnean Cruinn a' Chuan Siar. Ged a tha 'duns' ann den a h-uile seòrsa cumadh is meud, bha an aon seòrsa ròl aca mar ailtireachd taisbeanaidh.



Mar sin dh'fhaodadh an aon lèrach a bhith air a taisbeanadh le grunn dealbhan eadar-dhealaichte, gach fear a' sealltainn taobh eile de a h-eachdraidh. Ach bu chòir aithris arc-eòla a bhith aig gach dealbh – adhbhar leithid cuspair ri sgrùdadh no sgeulachd ri innse.

Gus dealbh ullachadh le aithris arc-eòla, feumaidh an t-arc-eòlaiche agus an neach-ealain obrachadh còmhla mar sgioba gus tuigse fhìrinneach agus conaltradh cruthachail a chothromachadh.

- Tha an eileamaid fhìrinneach ionnsachail agus fiosrachail, a' cleachdadh fiosrachadh arc-eòla agus modhan-obrach gus tuigse a thogail.
- Tha an eileamaid chruthachail brosnachail is mac-meanmnach, a' cleachdadh aithris agus dràma gus tuigse agus faireachdainn a chruthachadh.

Gu tric bidh an dà eileamaid air an cothromachadh le bhith a' cleachdadh priomh chuspair, gu sònraichte nuair a thathar a' toirt cunnatas air àite no lèrach eachdraidheil. Faodaidh cuspairean fòcas a chur air tachartas a ghabh àite air an lèrach; air an lèrach fhèin, a' mìneachadh mar a chaidh a thogail no a h-aittireachd; air a shuidheachadh, a' sealltainn na lèrach san t-sealladh-tire co-aimsireil nas fharsainge; no air beachd, a' mìneachadh bun-bheachd no pròiseas arc-eòlasach.

## A' cleachdadh stoidhle aithris gearradh-air-falbh

Tha am priomh sheata de dhealbhan gar cuideachd gus dealbh mac-meanmnach a chruthachadh de thogail **Dun Seanchas**, agus na diofar *pàirtean structarail* a bha a dhìth. Is e togail priomh chuspair an t-sreath seo, agus chaidh an luchd-togail gun urra againn a dhealbhadh a dh'aona ghnothach gun a bhith a' tarraing aire bhon adhbhar seo. Tha an stoidhle gearradh-air-falbh aithriseach againn a' leigeil leis a' phòiseas togail a bhith air a thuigsinn as fheàrr – bho bhith a' cur nam bunaitean gu bhith a' crochadh an làir fiodha gu bhith ag togail a' mhullaich. Tha an gearradh-air-falbh na phàirt den sgeulachd agus chan eil e a' briseadh a-steach air. Bha sinn cuideachd airson cuideam a chuir air an uiread de chloich agus fiodh a bha a dhìth, agus tha iad sin air an sealtainn taobh a-staigh na làraich togail mar chòurn a tha a' sìor dhol sios. Gabhaidh coimeas a dhèanamh eadar togail an dùin agus togail an taigh-chuibhle, far nach robhar a' cleachdadhdach glè bheag de dh'fhiadh no de dh'fhiadh-cladaich.

## A' fiosrachadh bhon t-suirlbhidh

Cruthaichidh suirlbhidh tomhaiste arc-eòlais bun-chlàr a bhios a' fiosrachadh rannsachadh, riaghlaigh glèidheteachais agus sgrùdadh staid na làrach. Faodaidh na toraidhean a bhith a' gabhail a-steach mapaichean, planaichean làraich, dealbhan ailtireil agus modalan 3D. Is urrainn làirsinn arc-eòlais cruthachail barrachd a dhèanamh leis na toraidhean sin. Chleachd sinn na *clàran didseatach* mu **Chaiseal Gruagaig** gus cruth Dhùn Seanchas fiosrachadh, a' freumhachadh nan dealbhan againn an da-rìreachas.

## A' dèanamh ceangal tro dhathan

Chleachd Lizzie Robertson dathan blàth, a' dèanamh comas eadar solas agus faileas, agus a' coimhead air inneach na h-àirneis fiodha gus coimhead air àdar dachaigheil Dhùn Seanchais ann an stoidhle leabhran seilbh neach-reic thaighean. Tha solas an latha bho èirigh na grèine a' glacadh an duslaich a' dannsadh anns an doras fhosgailte aoigheil, agus aig an aon àm tha solas-teine bhon oidhche a' teicheadh bhon t-seòmar freiceadain agus tha solas-lampa a' soilleireachadh mullach na staidhre. Tha a' chiad làr seasgair agus comhfhorbaill, tha am mullach blàth is tioram, agus tha an doras crainnte sàbhailte agus tèraine. Chan e seann tobhta a th' anns an dùn tuilleadh ach dachaigh ùr.

## A' cleachdadh charactaran gus ceangal a dhèanamh

Rinn Alex Leonard an teaghlaich leudaichte againn do Dhùn Seanchas, a' smaoineachadh air a' chiad bhiadh aca còmhla timcheall na cagailt. Tha an ìomhaigh a' measgachadh ailtireachd àrd taobh a-staigh an dùin le sealladh dachaigheil de chóaireachd air an teine. Tha e follaiseach gu bheil na daoine air ùr-ghluasad a-steach dhan àite.



## Ag iarraidh a bhith nad arc-eòlaiche?

**THA SIMON GILMOUR, STIÙRICHE COMANN ÀRSAIREAN NA H-ALBA A' COIMHEAD A DH'IONNSAIGH NA H-ATH GHINEALAICH DE DH'ARC-EÒLAICHEAN**

Tha an leabhar seo air sgeulachd innse mu bhith a' togail dùn. A' cleachdadhdianais a chaidh a chruinneachadh gu faiceallach le mòran diofar arc-eòlaichean thar iomadh deichead, tha e a' tort dealbh air leth làdir dhuinn de dh'äm ann an tide mac-meanmnach bho chionn 2,300 bliadhna. Ach, tha tàrr ann air nach eil fios againn fhathast, mar eisimpleir Carson, cuin agus càite an do thòisich daoine air tùir dùin a thogail? Cò bha an sàs ann, agus cò na daoine a bha a' fuireach anns na togalaichean eireachdail seo? Carson a sgur a thogail dhùn agus Carson a bha atharrachadh cho mòr ann bho structaran àrda gu togalaichean iosail mar thaighean-cuibhle? Agus dè an dàimh a bh' aig na coimhearsnachdan sin leis an t-saoghal mhòr a-muigh?

Chan eil ann an dùin, taighean-cruinn agus taighean-cuibhle ach pàirt de shuidheachadh ailtireachd nas farsainge ann an Linn an Larainn; tha cuideachd dùin chnoc, dùin rubha, souterrains (seilearan fon talamh) agus crannagan (àitean-còmhnaidh eileanach). Tha cuideachd raon farsaing de *chultar stuthan* ri sgrùdadh, bho na tha air fhàgail de thòidhlacadh carbaid a chaidh a lorg aig an Drochaid Ùr taobh a-muigh Dhùn Èideann, gu grìogagan glainne Ròmanach a chaidh a lorg aig dùn Cairns ann an Arcaibh. Agus chan eil ann an Linn an Larainn ach phàirt gu math beag den sgeulachd inntinneach mu ghnìomhachd daonna san dùthaich seo ris an canar Alba a-nis. Tha gu leòr ri lorg fhathast, agus is dòcha gur tusa an neach as fheàrr gus faighinn a-mach!

Tha arc-eòlaichean daonnán a' cur ris an dealbh a th' againn den àm a dh'fhalbh agus a' cur fòcas air le fiosrachadh ùr. Is e arc-eòlaiche a th' ann an duine sam

bith a bhios a' sgrùdadh eachdraidh a' chinne-daonna tro fhuigheall stuthan, fiù 's daoine nach biodh gam faicinn fhìn mar sin. Is e pròiseas a th' ann an arc-eòlas le tàrr dhiofar dhòighean, raointean eòlais agus bheachdan; tha fiù 's sùil luath air an leabhar seo a' dèanamh soilleir cho farsaing 's a tha an raon de sgilean, bheachdan agus phòiseas an a dh'fhaodar a chleachdadhdh – agus sin direach airson ransachadh air dùin!

Tha grunn chothroman is slighean obrach ann an arc-eòlas; tha arc-eòlaichean ag obair ann an oilthighean, carthannasan glèidheteachais, buidhnean riaghaltas aig iùre nàiseanta is ionadail, companaidhean choimeirsealta agus san roinn phriòbhaidh. Bithear a' dèanamh rannsachadh arc-eòlach tron phòiseas planaidd air thoiseach air togail thogalaichean, le oilthighean is colaisteann agus le saor-thoilich bhon choimhearsnachd ionadail. Tha a *Institiud Clàraichte nan Arc-eòlaichean* againn a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil sgilean agus iùrean obrach iomchaidh againn, direach mar a th' aig ailtireachd, einnseanaireachd agus proifeiseanan eile. Tha sgilean arc-eòlais so-ghluasadach, a' ciallachadh gum faigh thu arc-eòlaichean anns gach àite. Agus le bhith a' cleachdadhdh teicneòlas ùr-nodha agus modhan-obrach agus eòlas a tha a' sìor leasachadh, tha arc-eòlas an-còmhnaidh a' putadh criochan de na rudan a gheibheart a-mach, agus mar as urrainnear a sgrùdadh agus a thaisbeannadh.

Tha làn-gníomhachas a' feitheamh ri duine sam bith aig a bheil ùidh ann a bhith a' faighinn a-mach fiosrachadh mun àm a dh'fhalbh agus mu bhith ga cho-roinn – agus tha sinn an dòchas le bhith ag innse sgeulachdan mar an tè san leabhar seo, gun urrainn dhuinn ginealach ùr a bhrosnachadh gus trubhal a thogail no gus sganair leusair a chur air dòigh, a' coimhead sìos miocroscop dealanach no fiù 's a bhith a' cleachdadhdh saideal mothachaidh iomallach, agus gus daoine a chuideachadh gus ionnsachadh mu, agus ionnsachadh bhon, àm a dh'fhalbh. Saoil am b' urrainn dhut a bhith nad arc-eòlaiche?

# lomraidhean

*Towers in the North*, Ian Armit 2003

*Celtic Scotland*, Ian Armit, 2016

*Within these Walls*, Ian Armit, ann an *Scotland ann an Later Prehistoric Europe*,  
air a dheasachadh le Fraser Hunter agus Ian Ralston, 2015

*The Coming of Iron*, Ian Armit agus Ian Ralston, ann am *People and Woods  
in Scotland: a History*, deasaichte le TC Smout, 2003

*The Survey and Analysis of Brochs*, John Barber, Graeme Cavers agus Matt Ritchie, ann  
am *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland*, 2015

*Clachtoll Broch: an Iron Age Home in Assynt*, Charlotte Douglas, 2022

*Brochs and Timber Supply*, Noel Fojut, ann an *Tall Stories: two millennia of brochs*, 2005

*The Iron Age in Northern Britain*, Dennis Harding, 2004

*The Iron Age Roundhouse*, Dennis Harding, 2009

*Iron Age Hillforts in Britain and Beyond*, Dennis Harding, 2012

*Rewriting History*, Dennis Harding, 2020

*Culduthel: an Iron Age Craftworking Centre in North-East Scotland*, Candy Hatherley  
agus Ross Murray, 2021


*The Atlantic Iron Age*, Jon Henderson, 2017

*The Stone Mother*, Kathleen Jamie, ann an *Who Built Scotland?*, Alexander McCall  
Smith, Alistair Moffat, James Crawford, James Robertson agus Kathleen Jamie, 2017

*Stereotype 11: Families always consisted of a father, a mother and children*,  
Julia Koch, in *Gender Stereotypes in Archaeology*, air a dheasachadh le Laura Coltofean-  
Arizancu, Bisserka Gaydarska agus Uroš Matić, 2021

*Beside the Ocean of Time*, George Mackay Brown, 2014

*Land, Stone, Trees, Identity, Ambition: the Building Blocks of Brochs*,  
Tanja Romankiewicz, ann an *Archaeological Journal*, 2016



Chaidh an obair glèidheteachais aig **Caisteal Gruagaig** a dhèanamh le Coilltearachd agus Fearann Alba mar phàirt den stiùbhardachd againn air coilltean agus fearann nàiseanta na h-Alba. Chaidh an obair glèidheteachais aig **Clach-tholl** a chur air dòigh le Asainte Eachdraidheil mar phàirt de Chom-pàirteachas Cruth-tire Beò na Còigich is Asainte. Chaidh an obair glèidheteachais ann an **Ousdale** a chur air dòigh le Pròiseact Dhùn Ghallaibh agus a mhaoineachadh le Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Ag obair ann an com-pàirteachas, faodaidh uachdarain, buidhnean coimhearsnachd, buidhnean glèidheteachais agus buidhnean riaghaltais ionadail is nàiseanta uile cuideachadh le bhith a' co-roinn tuigse, a bhith a' dion agus a' comharrachadh luach àrainneachd eachdraidheil na h-Alba. Tha obair com-pàirteachais shoirbheachail a' cumail taic ri libhrigeadh *An-Àite ann an Àm: Ro-innleachd Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba, tro Ro-innleachd Arc-eòlais na h-Alba agus Plana Tasgadh Sgilean na h-Àrainneachd Eachdraidheil*, a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid ar dualchas a ghlèidheadh le moit do na ginealaichean ri teachd.

*"Chaidh an crotal a ghearradh an toiseach, gus pàipear geal a nochdad, agus an uair sin soilleir-uaine, meadhan-uaine, gorm, liath, meadhan liath, agus mu dheireadh dubh, uile bho aon bhloca,"* sgrìobh an neach-ealain Liz Myhill. *"Chaidh an clò-bhualadh san òrdugh sin gus am biodh pàipear geal a' deàrrsadh bhon chùl gus an uaine a dhèanamh cho soilleir agus cho siubhlach 's a ghabhas. Bha fios agam gum bithinn a' clò-bhualadh grunn thònán de liath air a' mhullach agus mar sin cha bhiodh e gu diofar an robh inc neo-chothromach air a' chùl-raon, oir bhiodh e air a chòmhdaich le dà shreath agus inneach eile. Gu tric nuair a thathar ag obair le iomadh dath tha e dùbhlachan co-dhùnadh dè na dathan a bu chòir a chur sios an toiseach gus am bi na dathan fhathast fior agus nach toir an fheadhainn anns na sreathan nas isle buaidh orra."*

Gabh ceum air ais ann an tìm agus cleachd do mhac-meanmna gus smaoineachadh air dùn a thogail ann an clach is fiadh, agus faighnich dhiot fhèin na bha e a' ciallachadh a bhith a' togail dùn.

Tha dùin nan eileamaidean gun samhail de sgeul ro-eachdraidheil bheartach na h-Alba. Tha iad nam pàirt de phàtran tuineachaidd bho Linn an Iarainn de tuathanasan dionta a lorgar air feadh costa an iar na h-Alba. Chaidh an coimiseanadh le teaghlaichean math dheth agus chaidh an togail le luchd-togail sgileil.

Bidh na h-ùghdaran a' coimhead air sgrùdadh arc-eòlais air dùin, a' beachdachadh an dà chuid air dealbhadh ailtireil agus innleadaireachd structarail, agus a' mìneachadh mar as urrainn dhuinn na tobhtaichean a leughadh an-diugh, a' toirt cunntas air na diofar eileamaidean structarail a gheibhear an dà chuid ann an tobhtaichean glèidhte agus ann an structaran neo-ghlèidhte. Tha guthan ficseanail bhon àm a dh'fhalbh a' toirt cunntas air togail dùn, agus tha guthan an latha an-diugh bho air feadh roinn dualchais bheothail na h-Alba a' toirt cunntas air raon farsaing de dh' obair ùr-nodha, a' gabhail a-steach cladhach arc-eòlais, riaghlaigh glèidheteachais, mìneachadh dualchais agus clàradh didseatach.

